5.1553

Air. 80.] OCTOBER, 1894. [A' Phris, Sgillinn.

# AN FHIANUIS.

## Eaglais Shaor na h-Alba.

1843. 1894.

1560.



IAIN NOCS.



AN T-URR. IAIN CEANNADAIDH, D.D.

1843.



TOMAS CHALMERS.

Deasaiche, An t-Urr. IAIN DEORSA MACNEILL, Chaladair.

## CLAR-INNSIDH GAILIG.


| | | | |
|---|---|---|---|
| A' Ghaidhealtachd agus na h-Eileanan | 122 | Ar Ban-Teachdairean | 133 |
| An t-Urr. Iain Ceannadaidh, D.D. | 123 | Bais | 135 |
| La na Ceisd ann an Strathharragaig | 127 | Buaidhean agus Deuchainnean an Dealachaidh | 138 |
| Teachdaireachd Chein | 129 | Litir | 140 |
| Teagasg nan Aithrichean | 131 | *Clàr-Innsidh Beurla* | 140 |
| Turas Fada | 132 | | |


GILLEASBUIG MAC-NA-CEARDADH Clo-Bhuailtear Gailig, Glaschu.



# AN FHIANUIS.

OCTOBER, 1894.

## A' GHAIDHEALTACHD AGUS NA H-EILEANAN.

### AN TIONAL BLIADHNAIL.

*(Air an treas Sàbaid a dh' October.)*

THA 'N Comunn Gaidhealach le taingealachd ag aideachadh na fialaidheachd a thaisbean an Eaglais do 'n Ghaidhealtachd anns an àm a chaidh seachad. 'S e an dùrachd gu 'n taisbean buill agus luchd-leanmhuinn ar n-Eaglais an fhialaidheachd cheudna aig an àm a tha a làthair. Tha ar Rìgh agus ar Ceann g' ar gairm gu h-obair mhòr anns a' chearn thaitneach so de 'n fhìon-lios.

Thugadh air beulaobh an Ard-Sheanaidh mu dheireadh, gu 'n do rinneadh ar fiachan £154 na 's lugha 'n a bha iad an uiridh ged a bha ar tional an uiridh £154 na bu lugha na 'bha e a' bhliadhna roimh sin. Tha sinn a' deanamh oidhirp shònruichte chum ar fiachan a lughdachadh.

Tha 'n Comunn, a dh' aindeoin so uile, a' toirt fainear gu 'm feum iad barrachd luchd-saoithreachaidh a bhi aca; oir tha 'n obair a' dol na 's mò. Co-cheangailte ris a so thugadh fa chomhair an Ard-Sheanaidh, "gu 'm bheil dùil aig a' Chomunn le beannachadh an Tighearna cosdas na bliadhna so a choinneachadh, ma thaisbeanas an Eaglais gu léir a fialaidheachd chleachdail Ach 's e beachd a' Chomuinn a thaobh suidheachadh na Gaidhealtachd an dràsd, gu 'm bheil e iomchuidh gu 'm bitheadh luchd-saoithreachaidh ùra air an cur air bonn 's a' Ghaidhealtachd. Thà mar so, greim r' a dheanamh ann an tomhas na 's farsuinne air an raon Ghaidhealach. Gu so a dheanamh, tha feum air tuilleadh cuideachaidh." Bho chionn beagan bhliadhnachan, tha 'n Comunn Gaidhealach a' toirt aire shònruichte do fhòghlum na h-òigridh Ghaidhleach ann am fìrinnean a' Bhìobuill. Anns an obair mhaith so, rinn Sgoilean nam Mnathan-uaisle dìchioll mòr ann a bhi a' cur mhaighstirean-sgoil misionach gu cearnan leth-oireach, agus gu sgìreachdan farsuinn. Ach mar a chuir sinn an céill 'n ar n-iomradh do 'n Ard-Sheanadh, "Thug co-labhairt Chléirean fa 'r comhair, nithean a thaobh fòghlum na h-òige ann am fìrinnean an t-soisgeil d' am feumar an aire shònruichte a thoirt." Tha 'n Comunn Gaidhealalach, le cuideachadh Chomunn eile 'n ar n-Eaglais, a' strìth ris na duileadasan a tha co-cheangailte ri Eolas Criosduidh anns a' Ghaidhealtachd agus anns na h-Eileanan, a choinneachadh. Ach tha sùil againn ri cuideachadh o shluaigh ar n-Eaglais.

*Ceisteirean.*—Tha tri deug thar fhichead ceisteir 'n ar seirbheis a tha a' saoithreachadh le mòr dhìchioll. A thuilleadh orra so, tha còignear d' am bheil sinn a' toirt beagan obair. Tha, mar an ceudna, air ar clàr-ainm seisear a stad a dh' obair, ach d' am bheil sinn a' toirt suim bhcag airgid 's a' bhliadhna mar bheòlaind. Mu na ceisteirean thuirt ar n-Iomradh a bha air beulaobh an Ard-Sheanaidh am bliadhna. "Gu 'n robh cuimhne chùbhraidh air obair nan ceisteirean co-cheangailte ri eachdraidh na Gaidhealtachd. Anns an àm ri teachd, cho maith agus anns an aimsir a dh' fhalbh, bithidh daoine eudmhor, diadhaidh, 'n an ceisteirean 'n ar n-Eaglais. Ach a thaobh suidheachaidhean atharraichte na dùthcha, tha e ro fheumail gu 'm bitheadh eòlas òrdail aig ar luchd-saoithreachaidh air fad air a' Bhìobull agus air a theagasgan. A chum gu 'm bi soirbheachadh aca am measg shean is òg, tha e iomchuidh, gu 'm bi seirbhisich an Tighearna air an uidheamachadh leis gach ionnsachadh feumail."

A chum na crìche so, tha aig an àm so féin,

NATIONAL LIBRARY B 11 NO 1949 SCOTLAND

chuir mi geall ri duine riamh, ach ged theireadh e ceithir chiad an àite dà fhichead, agus na 'n gabhainn ris a' gheall, gum bu leam na cóig puinnd Shasunnach an taobh stigh de thrì làithean."

Ann an Dun-Eideann bha a cheart cho beag sùil aca dé bha a' dol a thachairt. "Gabh beachd air so," sgrìobh aon de na daoine a b' fhiosraiche agus a bu ghlice ann an Dùn-Eideann, "cha tig dà fhichead diùbh a mach."

Làn de'n cheart bheachd, ràinig Moraire Bhòid Lùchuirt mhòr Holyrood mar Fhear-ionaid na Bàn-righinn, agus cha'n 'eil nì sam bith a' nochdadh na's soilleire cho beag fios 's a bha aig comhairlich na Bàn-righinn dé a bha iad a' dèanamh, na rud a tha Mr. Dunlop ag innseadh dhuinn. Am measg nan uaislean a bha cruinn anns an Luchuirt air feasgar an 17 là, beagan uairean an uaireadair roimh 'n Dealachadh, chaidh a mheas gum biodh an àireamh a thigeadh a mach eadar fichead agus deich-air-fhichead. Bha aon rud ann a dh' fhaodadh an sùilean fhosgladh na'n robh fios aca air. Bha càirdean saorsa na h-Eaglais air coinne a chumail a dhèanamh deas air son a chéum mu dheireadh, agus air a mhadainn sin fhéin (an seachdamh-là-déug) bha 400 ainm ministeir ris a' Phrotest a bha Dr. Welsh ri chur air bèulabh an Ard-Sheanaidh a' cur cù ri Steidheachadh na h-Eaglais..

A bhàrr air so chaidh ullachadh a dhèanamh air son àite-coinneachaidh aig Tanfield, faisg air Canonmills, beagan an taobh a mach de bhaile Dhùn-Eideann. Bha talla mòr an sin a chaidh a chur suas air son aobhair eile, agus a bha as a dhéigh sin na bhùth mór; agus an uair a chunnaic Mr. Dunlop e anns an Fhaoiltich roimhe so, leis an ùrlar lan bhocsaichean bathair bha a choltas "fuaraidh marbh gu leòir." Chaidh àiteachan-suidhe a chur ann le cabhaig, agus bha e a nis ullamh air son coinne de 3000 sluaigh. Air aon taobh bha àrd-ùrlar air son luchd labhairt, air a chòmhdach gu grinn le aodach gorm, agus na h-àiteachan suidhe ag eirigh an àird air gach làimh bho ùrlar an talla. Bha am mullach ìosal, ach gu mór-thaitneas nan uile, cha 'n fhaca duine riamh àite anns gabhadh luchd-labhairt cluinntinn na bu choimhlionta—chluinnteadh gu soilleir a' h-uile facal a thigeadh o 'n ghuth a bu laige.

—:o:—

## IAIN CAIMBEUL, BARD NA LEIDEIGE.

Le Fionn.



Cha 'n 'eil teagamh nach 'eil mòran de luchd-leughadh na *Fianuis* anns a' Ghaidhealtachd agus air a' mhachair Ghallda, a tha eòlach air bàrd 'na Leideige, oir chaidh a chliù am fad 's am fagus.

Rugadh am bàrd anns an Oban Lathurnach 's a' bhliadhna 1823, ach chaidh a mhuinntir air imrich do 'n Leideig 'n uair a bha esan 'n a naoidhean. Bha 'athair, Cailean Caimbeul, 'na mhaighstir-sgoil anns an Leideig, taobh Loch-éite, ré chòig-bliadhn'-deug thar fhichead.

B' e togradh Iain, miann 'athar agus rùn a mhàthar, e 'bhi 'na mhinistear, ach b' fheudar dha dùil-thairis a thoirt de 'n togradh so, oir bhrist air a shlàinte mu 'n robh e ach 'na ghiullan. Le cridhe goirt chuir e a leabhraichean air chùl, agus thug e am baile-mòr air, an tòir air obair. Cha robh e fada 'n Glascho 'n uair b' fheudar dha tilleadh dhachaidh. Cha do chòrd tòchar 'us ùpraid a bhaile-mhòir ris-san a chleachd àile ghlan nam beann agus anail fhuar na mara. Mu bhruachaibh na Leideige fhuair e tomhas de shlàinte agus thòisich e ri gàirneilearachd. Fhuair e air aghaidh uidh air n-uidh, gus a bheil a nis sgeòd mhath thalaimh aige fo mheasan. A bharrachd air a' ghàirneilear-achd, 's e 's *postmaster* anns a' cheàrnadh sin de 'n dùthaich, agus mar so tha e féin agus a theaghlach cliùiteach, air an cumail ann an làn obair.

National Library of Scotland

An àm an Dealachaidh thilg e 'chuid 's a chrannchur leis a' bhuidheann a dh' fhàg an Eaglais Stéidhichte, agus tha e nis 'na fhoirfeach ann an Eaglais Shaoir Aird-Chatain, air thùs 's air thoiseach anns gach deadh obair. Bho chionn còrr agus dà fhichead bliadhna tha e air ceann Sgoil-Shàbaid a tha 'cruinneachadh gach Dònach ann an uamh a tha faisg air dachaidh a' bhàird. Thuit dhuinn a bhi air aoidheachd le 'r caraid o chionn beagan bhliadhnachan agus chuir sinn seachad feasgar na Sàbaid leis féin 's le 'chròilean anns an uamh so. Tha an uamh blàth, seasgair, le àite-teine 's le uinneig, agus mar so tha 'chlann comhfhurtachail a shamhradh 's a gheamhradh. Anns a' chùileig uaignich so, a chumas mu dhà fhichead de chloinn, agus a tha mar is trice lomalàn, tha am bàrd mar athair 's mar oide-fòghluim do 'n òigridh. Tha am Bìobull air a leughadh leis a' chloinn 'n an cànain féin, agus tha teagasg, comhairle 'us eòlas air an toirt dhaibh ann an Gàidhlig bhlasda na dùthcha. Is taitneach dà rireadh a bhi 'g éisdeachd ris a' bhàrd theò-chridheach ann am briathran caomha, càirdeil, a' guidhe gu dùrachdach air an òigridh iad a bhi glic, stuama; cuimhneachail air Dia, ùmhal d' am pàrantan, uasal 'nan dòigh 's 'nan giùlan, agus caoimhneil ris na h-uile. Tha mar so an òigridh air an earalachadh agus air an uidheamachadh air son cath na beatha a dh' fheumas sinn uile 'chur. Mu 'n sgaoil iad tha òran-molaidh, salm no laoidh Ghàidhlig,—air a sheinn leis a' chloinn, a tha air a ghiùlan air oiteig an fheasgair mar iobairt-chùbhraidh, taitneach do Dhia 's do dhaoine.

Mar bhàrd tha ar caraid ann am mòr mheas. Cha do sgrìobh e riamh rann nach 'eil fìor-ghlan, fallain ann an smaoin agus riarachail ann an aigne. A bharrachd air a so uile, tha a dhàin grinn òirdhearc 'n na cainnt, agus air leth Gaidhealach 'n na dreach. Chaidh na rannan a leanas a dhealbh leis a' bhàrd oidhche dhorcha, shalach 's e 'tighinn dachaidh bog, fliuch. Thog inntinn 'n uair a chunnaic e solus an uinneig a thaighe, 's a chuimhnich e air an fhàilte chaoin a bha air thoiseach air ann am fàrdach a ghaoil, fo sgàil Dhùn-Bhallaire.

### TAOBH MO THEINE FEIN.

Seisd,—'S e taobh mo theine dhòmh-sa chlann,
'S e taobh mo theine féin;
Gu 'm b'e sud àite blàth mo ghaoil,
Aig taobh mo theine féin.

'N uair thig mi dhachaidh anns an oidhch',
'S mi fann, 'us fliuch, 'us sgìth;
An saoghal cosmhail ri bhi 'n gruaim
Cho duaichnidh bidh gach ni—
'S a chi mi 'n solus tigh'nn gu 'm shùil,
Troimh 'n uinneig dhuint', mar reult',
Gu 'n tog mo chridhe suas le sunnt,
'Bhi dlùth do 'm theine féin.

'S 'n uair chi mi 'n lasair dheàrrsach, dhearg,
'S gach àite sguabte grinn,
'Us fiamh a' ghàir' 's gach aghaidh ghràidh,
'S gach aon 'toirt fàilte bhinn,—
O, c' àit' bheil sonas cosmhail ris
An saoghal so a' bhròin?
'S cha tugainn taobh mo theine féin
Air mìle bonn de 'n òr.

'N uair gheibh mi comunn caomh mo rùin
'S iad dlùth dhomh air gach taobh,
Gach aon 'toirt bàrr 'an tlus 's am bàigh,
'S bann gràidh 'na cheangal caoin;
Mo bhean 's i cur gach ni 'na àit',
'S mo phàisdean air mo ghlùn,—
Cha suaipinn taobh mo theine féin
Air sonas rìgh 'na 'chùirt!

---

Chaill am bàrd giullan seanagarra, a bha glic os cionn a bhliadhnachan—cha robh e ach ochd bliadhna dh' aois 'n uair a chaidh a ghearradh ás—

"Liobhair a mhàthair, 's deur 'na sùil
A fiùran lurach, òg,
An dùil ri 'fhaicinn fhathasd slàn
'An Aros Rìgh na Glòir.

Am Buanaiche cha robh fo ghruaim
Ged 'bhuain e 'm blàthan sèamh;
'S e aingeal glòrmhor 'thàinig 'nuas,
'S 'thug leis e 'suas do nèamh."

Sgriobh ministear Eaglais Shaoir Aird-Chatain leabhran beag taitneach mu 'n bhalachan chaomh so, agus rinn am bàrd cumha dha a tha dol mar so:—

A Chailein, a Chailein, a Chailein a rùin,
Gur cràiteach mo chridhe 's na deòir ann am shùil;
Tha m' inntinn fo mhulad is m' aigne gun sunnd
Bho 'n dh'fhàg mi mo Chailean 's a' chaibeal fo'n ùir.

Tha t-'aogas gach latha fa chomhair mo shùl
'S gu 'n saoil mi mar b' àbhaist gu 'bheil thu dhomh
dlùth,

The Civil Service Commissioners approve ga style ghendtwing



Le d' aghaidh mhìn bhòidheach, 's do mheall-shùil-
ean gorm,'
'S do bhilean a nis nach dean mànran na toirm.

Cha'n'eil bràthair a nis aig do pheathraichean gaoil,
'S tha t-athair 's do mhàthair 'g ad ionndrainn o'n
taobh,
Ach dh' iarr thu mu 'n d' fhàg thu nach robh sinn
ri caoidh,
Is sùil 'bhi ri dachaidh a mhaireas a chaoidh.

'N uair a shiab thu na deòir 'o ar sùilean bha làn,
'S a phaisg thu ar muinneal a' d' ghàirdeannan bàn',
'S a phòg thu le aitcas gach sean agus òg,
Gu 'n d' fheum sinn a ghealltainn nach bith'mid ri
bròn.

"O athair, a mhàthair, a pheathraichean gràidh,
Mo bheannachd a nis leibh gu siorruidh 's gu bràth,
Is leanaibh an Caraid thug mis' ás gach càs,
'S gu 'n coinnich sinn far nach tig sgaradh le bàs."

Cha robh thu ach òg ann an saoghal a' bhròin,
Ochd bliadhn' is seachd làithean a fhuair sin ort
còir;
Ach Esan thug dhuinn thu 's a nis a thug uainn,
Bheir neart gu bhi strìochdte d'a thoil anns gach
uair.

---

A bharrachd air na h-òrain 's na dàin a sgrìobh am bàrd dh' eadar-theangaich e laoidhean o'n Bheurla. Mar eisimpleir air 'obair anns an rathad so faodar an laoidh so a ghabhail.

## LONG AN T-SOISGEIL.

Long an t-Soisgeil, 's fhad i 'seòladh
Dh' ionnsuidh tir Chanàain shuas—
Thigibh uile, sibhs' tha deònach,
Seòlaibh innt' gu glòir bhith-bhuan.

Seisd—"Glòir! O, Glòir 'us Allelùia!"
Tha gach seòladair a' seinn,
"Chi sinn shuas le sùil a' chreidimh
'N caladh glòir is miannach leinn."

Mìlltean thug i sàbhailt thairis,
Fad o shaoghal so a' bhròin;
Mìlltean innte 'seòladh fathast,
Fathast rùm do mhìlltean còrr.

Lìon a siùil a ghaoithean nèamhaidh;
Greasaibh i air aghart luath,
Feuch! gach seòladair lan éibhneas
'Luaidh air glòir nan nèamhan shuas.

Giùlainibh an soitheach àillidh,
'Ghaoithean àluinn Shoisgeil Dhé;
Giùlainibh gach aon tha dìleas
Dh' ionnsuidh rìoghachd Athar féin.

Tionndaidh 'n long a stigh gu caladh;
Làmh ri d' acair seas a nis;
Gheibh thu fàilte bho 'n Ard-cheannard;
Gheibh thu àit' aig a làimh dheis.

---

Tha gaol, seirc 'us caranntachd a ghnàth ri'm faotainn ann an dachaidh ghreadhnach a' bhàird. Tha e féin, a chéile cheanalta, chaoimhneil agus a theaghlach fiùghail fo mhòr mheas aig na h-uile, agus 'n am beannachadh do 'n choimhearsnachd.

Tha an aois a luidhe air a' bhàrd ged tha e misneachail beothail, agus a' deanamh mar a's feàrr a dh' fhaodas e gu bhi *'g itheadh na h-òige 's a' còmhdach na h-aois*, agus tha sinn toilichte a chluinntinn gu bheil a chàirdean agus a luchd-eòlais a' cur an comhairle r'a chéile an dràsd feuch dé 'n dòigh a's feàrr anns an urrainn iad an spéis a nochdadh. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil iad deònach air dachaidh a' bhàird a cheannach agus a chuir ann an uidheam, agus na còirichean a liubhairt thairis dha fhéin agus d'a theaghlach ás a dhéigh. Aig ceann a' chòmhlain so, tha *Mr. W. Jolly*, an t-aona Ghall a's déidheile air gnothaich-ean Gaidhealach a's aithne dhuinn, agus is e Dòmhnull MacAoidh, Maighstir-sgoil na Leideige, is Rùn-chléireach. Neach air bith a tha deònach air cuideachadh leò-san anns an obair ionmholta so, cha 'n 'eil aca ach fios a chur a dh' ionnsaidh an Rùn-chléirich—'s mar thuirt am fear nach maireann e—"Gabhaidh e na tasdain, cha dhiùlt e na crùin, 's cha chuir e cùl ris na puinnd-Shasunnach."

Na faigheamaid ar dùrachd b'e ar n-iarrtus a thaobh a' bhàird—"Mair beò gu siorruidh"—ach ciod an stàth? 'S e dùrachd ar cridhe e bhi air a chaomhnadh fad iomadh bliadhna, a sheinn mu bhruachaibh na Leideige, agus a' leigeil fhaicinn do 'n òigridh, 'na bheatha 's na theagasg ciod e fior uaisle,—oir mar thuirt am bàrd mòr Sasunn-ach nach maireann,—

"An déigh gach nì 's e smuain mo chrìdh',
Nach uasal ach an tì tha math,
'S feàrr crìdh' gun ghò na coron òir,
Is creideamh beò na glòir nam flath."

---

Tha sinn gu mòr an comain a' charaid, tre'm bheil sinn comasach, air dealbh a' bhàird a chur 's an Fhianuis, gun chosdas 's am bith dhuinn féin.—*Deasaiche.*

## OBAIR BHAN AN INDIA.

Le Miss Rainy.

An ceann a' h-uile deich bliadhna tha coinneamh aig na misionaraidhean a bhuineas do gach earrann a dh' Eaglais Chriosd an India, gu labhairt mu cheistean a bhuineas d' an obair, agus gu 'bhi ag ùrnuigh air son beannachadh air an seirbheis. Aig a' choinneamh a bha aca am Bombay aig an Nollaig so chaidh, bha a làthair sé ceud agus fichead (620) misionaraidh co-cheangailte ri dà fhichead comunn Criosduidh. De 'n àireamh so, bu bhoirionnaich còrr as dà cheud (256) gu leth. Chaitheadh aon déigh mheadhon latha a' co-labhairt mu 'n saothair-san, *'s a' cheud àite*, am measg Chriosduidhean na dùthcha; agus, *'s an dara àite*, am measg 'n an cinneach.

Bha e air a thoirt fainear, am feadh a tha mòr shluagh a dh' fhir agus do mhnathan an India gun fhòghlum, nach 'eil ach ceithir caileagan 's an sgoil mu choinneamh a' h-uile ceud balachan a tha 's a' sgoil. Uime sin an uair a thòisicheas gluasadan spioradail am measg an t-sluaigh mar a tha 'n drasd a' cur aoibhneis air cridhe Mhr Andrew ar teachdaire aig Chingleput, tha na mnathan a tha air an tional o mheasg nan cinneach na 's ain-colaiche na na fir, agus na 's feumala air teagasg. A rithist, o'n a bhuineas an àireamh a 's mò de na boirionnaich fhòghluimte a tha gu 'bhi 'n am bana-mhaighstirean-sgoil agus 'n am ban-lighichean do na Criosduidhean, de nàisinn an àite tha e iomchuidh gu 'm bitheadh iad comharaichte air son am beatha spioradail agus an deadh bheusan, gu 'm bitheadh eòlas maith aca air na Sgriobturan, agus gu 'm bitheadh iad air an lìonadh le spiorad misionaraidheach. Leigeadh cudthrom mòr air an obair a tha ri 'bhi air a deanamh am measg iompachan ùra, agus am measg na muinntir nach 'eil ach 'n an Criosduidhean ann an ainm, a chum gu 'n cuireadh iad maise air teagasg Chriosd—agus ann an India feumaidh an obair a bhi air a deanamh le boirionnaich air son bhoirionnach

Ann an cearnan àraid far am bheil grunnain de Chriosduidhean air an sgapadh feadh iomadh baile beag, tha boirionnaich fhad is a tha 'n aimsir fàbharach a' dol o àite gu h-àite ann an cairt air a tarrainn le daimh, agus air dhoibh na h-iompachain a thional comhla, tha iad 'g an ceasnachadh agus 'g an teagasg. Thuirt aon bhoirionnach, a' labhairt mu 'n fheum a tha aig an t-sluagh so air lòn spioradail, "Tha Criosduidhean ann am mìle baile beag 's a' mhòr-roinn so, agus 's e na b' urrainn domh a dheanamh dol a choimhead air na bu lugha na ceud diubh."

An uair nach urrainnear dol a shealltainn air na màthraichean, feudar a chlann-nighean a thoirt do Sgoil-bhuird far am feudar an ionnsachadh ann an eòlas feumail, agus an déigh sin an gairm gu bhi 'n am mnathan-Biobuill, no 'n am bana-mhaighstirean-sgoil. Dh' ainmicheadh iomadh dòigh air am feudadh na cinnich a bhi air cosnadh do Chriosd.

Chuir Miss Warrack, ar ban-teachdaire, an Calcutta an céill, "Gu 'n robh a nis 's a' bhaile mhòr so mìlltean do thigean fosgailte do na ban-teachdairean Senanach a chum am Bìobull a mhàin a theagasg doibh. 'S an dùthaich, chaidh mi o bhaile gu baile, cuid de na bailtean so anns nach fhacas Ban-Eòrpach riamh roimh, agus chaidh mi a shealltainn air teaghlach âs déigh teaghlach le mòr riarachadh. 'S a' choitchionnas tha 'n sluagh a' gabhail ruinn le furan. Their sinn riu gu 'n seinn sinn laoidh, no gu 'n innis sinn doibh sgeul simplidh ás a Bhìobull. Ma 's toil leis na boirionnaich barrachd air a so a chluinntinn, iarraidh sinn orra innseadh d'am bana-choimhearsnaich gu'm bi coinneamh againn 's an feasgair. Aig na coinneamhan so, tha làthair àireamh mhòr de bhoirionnaich a mhàin. Timchioll oirnn tha gach dorus fosgailte. 'S e 'n ni àraid a tha a dhìth oirnn ban-saothraichean. Tha ar sgoilean-latha ro fheumail, cha 'n e 'mhàin air son na cloinne, ach a chionn trompa gu 'm bheil cothrom againn ruigheachd air na pàrantan.

O chionn beagan ùine, dhruideadh oirnn dorus aon d' ar tighean Senana, b' e 'n t-aobhar gu 'n do bhaisteadh sgoileir anns an tigh làimh ris. Gidheadh, cheadaicheadh do nìoghnaig bhig a bhuineadh do 'n teaghlach so tighinn do 'm sgoil-se. Bliadhna ás a dhéigh so, dh' iarradh orm dol a dh' fhaicinn an teaghlaich agus iad ann an trioblaid. Thuirt aon de na mnathan nach robh a' chaileag bheag a' deanamh adhartas glé mhaith le a sgoil, Air dhomh-sa freagairt, nach b' urrainn de neach dùil a bhi aige ri mòran o chaileig nach robh ach ceithir bliadhna dh'aois, 's e chan am boirionnach so; "Ah! ach dh' ionnsaich i ùrnuighean bhur Iosa-sa, agus tha i 'g an cantainn a latha agus a dh' oidhche."

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

dhà dheug d' ar ceisteirean a's óige, a' dol troimh chùrsa fòghluim ann an Glaschu, fo stiùradh aon de mhinistcirean comasach, ionnsuichte, ar n-Eaglais.

*Stationan.*—Tha againn an dràst sè station deug. Tha ochd deug de choimhthionalan againn a bha aon uair 'n an stationan fo 'n Chomunn Ghaidhealach. Air son ceithir deug dhiubh so, dh' ullaicheadh maoin-chuideachaidh (*endowments*).

Aig aon de na stationan so tha an cosdas gu léir a' tuitean air ar Comunn-ne. Tha 'n cosdas so glé mhòr, oir cha 'n 'eil mar a's trice, ach brìb bheag air a tional aig gach station diubh so.

*Misionan*—Tha againn deich misionan samhraidh, còig misionan deug coimhthionalach, agus trì misionan aig na rathaidean iaruinn. Tha fòghlumaichean òga, ré an t-samhraidh, air cheann ar misionan samhraidh. Tha ministeirean mar a's trice a' cumail air an aghaidh na misionan coimhthionalach. Tha sinn féin, agus Comunn na Misionan Dachaidheil, a' cumail air an aghaidh na misionan aig na rathaidean iaruinn.

*Puirt Iasgaich.*—Bho chionn àireamh bhliadhnachan tha Mnathan-Bìobuill ag obair le mòr shoirbheachadh aig na Puirt Iasgaich a's mò. Rinn fear-saoithreachaidh obair mhaith am bliadhna, aig Baile-nam-Frisealach agus aig Ceannphàdruig. Tha an luchd-saoithreachaidh so a' neartachadh gu mòr làmhan nam ministeirean, a tha sinn a' cur gus na Puirt Iasgaich, ann a bhi a' gleidheadh choinneamhan, am measg an dùmhlachd mhòr sluaigh, a tha a' cruinneachadh aig Inbhir-ùig, aig Abereadhain, aig Baile-nam-Frisealach agus aig Ceannphàdruig.

Tha 'n obair chudthromach so glé chosdail.

*Teachdairean Soisgeulach.*—Chuir an t-Ard-Sheanadh air leth ceithir bràithrean cliùiteach gu saoithreachadh gach aon diubh fad thrì mìosan 's a' Ghàidhealtachd. Bha a leithid a mhiadh orra gus am b' éiginn duinn ministeirean eile a roghnachadh gu cuideachadh leò. Tha 'n saothair air a beannachadh gu mòr. Air son nan aobharan a dh' ainmich sinn tha làn dòchas againn, gu 'n taisbean ar coimhthionalan uile am fialaidheachd 's an tional air son na Gaidhealtachd agus nan Eileanan. Is e ar dùrachd gu 'm bi ar càirdean ionmhuinn uile ag ùrnuigh gu 'm beannaich an Tighearna a shluagh agus aobhar 's an raon Ghaidhealach.

Raibeart Rainy, *An Ceann-suidhe.*

---

Tha dùil againn ann an àireamhan ri teachd de 'n Fhianuis gu 'n toir sinn d' ar leughadairean dealbh agus eachdraidh beatha gach aon fa leth de na diadhairean mòra so, an Dr. Iain Mac Thamhais, Inbhirnis; an Dr. Gustabhus Aird, Chreich; agus an Dr. Ualter Ros Tàilleir, Inbhir-thòrsaidh.

---

Shearmonaich an t-Urr. Alastair Lee, M.A., a shearmoin dhealachaidh d' a choimhthional an Inbhir-naruinn air là na Sabaid, September 16, 1894. Bha 'n Eaglais mhór eireachdail, loma-làn a dh' fhir is de mhnathan a dh' éisdeachd ris an t-searmonaiche chomasach, dhrùidhteach. B' e 'm bonn-teagaisg, 2 Cor. vi. 1.

:o:

## AN T-URR. IAIN CEANNADAIDH, D.D.

Rugadh Dr. Iain Ceannadaidh ann an Sgìreachd Chillearnain an Ogust 15, 1819. B' e 'athair, an t-Urr. Iain Ceannadaidh, ministeir na sgìreachd, no mar a theirteadh ris, gu cumanta, Mr. Iain Ceannadaidh a' Chaisteil Ruaidh. B' e ainm a mhnatha, Seònaid NicCoinnich, nighean de Choinneach MacCoinnich an Leithidbhig an Asaint. Bhuineadh na Cinneadaich so do Chìshorn ann an sgìr na Comraich. Ann an iomadh cearna de 'n Ghaidhealtachd, an àite Ceannadaidh, 's e a theirear ris an fhine so, Cinneadaich no Clann'ac Ualraig.

Am measg nam ministeirean a bha ann an sgìreachd Chillearnain roimh sheana Mhr Ceannadaidh, feudar ainmeachadh, Mr Iain Mac Artair agus Mr Dòmhnull Friseal, athair Dhr Alastair Friseal, Chnocmhoire, Mr Robertson agus Mr MacUilleam, Mr Daibhidh Denoon agus a mhac, a chaochail an 1806. Bha iad so 'n an dithis mhinisteirean diadhaidh. Bheannaich an Tighearna an saothair. Bha sgìreachd Chillearnain bàn fad sheachd bliadhna, mu 'n do shuidhicheadh Mr Ceannadaidh mar mhinisteir innte an 1813.

Chaochail sheana Mhr Ceannadaidh an 1841. Thàinig a mhac, Mr Dòmhnull Ceannadaidh gu 'bhi 'na mhinisteir Chillearnain an déigh bàs athar. Chaochail Mr Dòmhnull an 1871. 'S e 'n dràsd

teachdaire a' choimhthionail so Mr Niall Mac'Illìosa, a shuidhicheadh an dreuchd na ministreileachd an 1872.

Gheibheir eachdraidh sheana Mhr Ceannadaidh a' Chaisteil Ruaidh, anns an leabhar ris an abrar, "Làithean Aithrichean Rois," a sgrìobh a mhac, Dr Iain Ceannadaidh. Bha seana ministeir a' Chaisteil Ruaidh, ro mheasail aig Mr Lachunn Mac Coinnich, Lochcaruinn. Bithidh cuimhne aig cuid d' ar leughadairean air a' chliù a thug Mr Lachunn air Dr Ros, Lochbhraoin, agus air Dr Dòmhnullach na Tòiseachd. Thuirt Mr Lachunn r' a phiuthair, roimh àm nan òrduighean, "Chuir mi fios air Mr Dòmhnullach leis an lagh, agus air Mr Ceannadaidh leis an t-soisgeul, agus air Dr Ros leis an fhòghlum, agus bithidh mi féin air an cùlaobh le h-ùrnuigh, agus tha mi an dùil gu 'm bi àm beannaichte againn."

An 1831, chuir teachdairean soisgeulach 's an Taobh Tuath air bonn comunn air son ùrnuigh agus co-labhairt 'n am measg féin. Chumadh an comunn so air aghaidh fad dheich bliadhna. B' iad ainmean teachdairean fiùghail a' chomuinn so;—Mr Iain Ceannadaidh a' Chaisteil Ruaidh, Dr Dòmhnullach na Tòiseachd, Mr Dòmhnull Friseal, Chnocmhoire, Mr Dhòmhnull Sage, Ri-sholuis, Mr Uilleam Barclaidh, Auldéirinn, agus Mr Alastair Friseal, Chaladair. Bho so uile chithear, gu 'n do thogadh Dr Iain Ceannadaidh ann an tigh duine le Dia, agus air a chuartachadh le diadhairean a bha 'n am ministeirean foghainteach an Tiomnaidh Nuaidh. Aig seachd bliadhna deug a dh' aois chuireadh Iain òg Ceannadaidh do oilthigh Abereadhain. Bha Mr Iain 'n a dheadh sgoileir Laidionn, agus choisinn e an onair M.A.

Chaith e aon samhradh le Mr Lillingstone, oighre fearainn agus duin'-uasal ro dhiadhaidh a bha ann an Lochaillse. Chaith e samhradh eile ann an Cìshorn le Mr Alastair Ceannadaidh, bràthair-athar. Tre nan cuairtean so am measg chàirdean thionail Mr. Iain mòran fiosrachaidh.

An 1840, chaidh Mr Ceannadaidh do Thalla na Diadhaireachd an Abereadhain. Aig an àm so ged a bha e 'n a ghille modhail, cùramach, cha robh e 'n a Chriosduidh; oir bha barrachd spéis aige do sgrìobhaidhean Shir Ualtair Scot, na do leabhraichean Iain Chalbhain. B' i creud Iain aig an àm so, fuath do 'n mhoderatachd fhuar thalmhaidh, gràdh d' a athair, agus earbsa 'n a ùrnuighean. Am mìosa deireannach a' gheamhraidh an 1841, ràinig fios bàs 'athar e an Abereadhain. Dh' fhalbh e air ball le carbad nan litrichean do Inbhirnis. Ràinig e an Caisteal Ruadh, dh' fhuirich e ceithir làithcan deug aig an tigh, agus thill e an sin do Abereadhain 'n a dhuine nuadh. "Chaidh na seann nithe seachad, feuch, rinneadh na h-uile nithe nuadh." Thuirt sluagh an Tighearna a nis mu Iain òg Ceannadaidh, "feuch, tha e ri ùrnuigh."

Chrìochnaich Mr Iain Ceannadaidh 'fhòghlum an April, 1843. Thug Cléir na Cananaich cead searmonachaidh dha an September, 1843. B'e aon de bhuill na Cléire so, an t-Urr. Alastair Stiùbhart na Crombaidh. Bha meas ro chomharaichte aig Mr Ceannadaidh air an diadhair ro chomasach so.

Am Februaraidh, 1844, shuidhicheadh an t-Urr. Iain Ceannadaidh 'n a mhiaisteir Eaglais Shaor Inbhir-feòtharain. B' iad na ministeirean a bha air ceann na seirbhis an latha a phòsadh Mr Ceannadaidh ris a' choimhthional, Mr Donnachadh Caimbeul, Chilltiarna, agus Mr. Alastair Fliter, Alnais. B' e Dr Ceannadaidh ceud mhinisteir Eaglais Shaor Inbhir-feòtharain. An so shaothraich e le mòr dhìchioll, a' searmonachadh trì uairean a h-uile Sàbaid, aon searmoin Ghàilig, agus dà shearmoin Bheurla; le dà choinneimh ùrnuigh, Gàilig is Beurla, feadh na seachduin. Bheireadh e searmoin a nis agus a rithist do 'n chloinn.

B' ann fo stiùradh an Dr Dhòmhnullaich a chuireadh air tùs air a chasan coimhthional na h-Eaglais Shaoir an Inbhir-feòtharain. B' e Dòmhnullach na Tòiseachd Luther na h-Eaglais Shaoir 's a' Ghàidhealtachd, agus b' e Ceannadaidh Inbhir-feòtharain am Melancthon; no b' e an Dr Dòmhnullach a h-Eliah, agus an Dr Ceannadaidh a h-Elisa. Cha robh coimeas do 'n Dr Dòmhnullach ann a bhi cochur na fìrinn ris a' choguis; cha robh coimeas do 'n Dr Ceannadaidh ann a bhi a' rannsachadh faireachdainnean a' Chriosduidh.

Bha Dr Ceannadaidh air a chuartachadh le grunnan fiùghail de luchd-dreuchd dìleas. Bha mòr ghràdh aca d' am ministeir. 'N am measg feudar ainmeachadh, Mr Ros, Mr Adam, Mr Aird, Mr Duncan, Mr Uishart, Mr Arras, Mr Dòmhnullach, Mr Munro, agus feadhainn eile nach ruigear a leas ainmeachadh. Bha àireamh bhoirionnach diadhaidh 's a' choimhthional, a shaothraich 's an Tighearna. 'N am measg bha a' bhantrach 'Nic Dhòmhnuill, Lilidh Chamaron, Ealasaid Reid, Sìne Bethune, agus Mrs Dòmhnullach, màthair Mhr Dòmhnullach, a bha 'n a mhinisteir 's an Eaglais

Shaoir am Fèarna. Cho fada agus a bha e 'n a chomas cheistich Dr. Ceannadaidh teaghlaichean a' choimhthional, a' dol o thigh gu tigh. Tha 'n obair mhaith so glé throm air neart agus air ùine a' mhin-isteir. Cosmhuil ri iomadh teachdaire eile, stad Dr. Ceannadaidh ann an tomhas mòr de 'bhi a' cruinneachadh teaghlaichean an ceann a chéile gu 'bhi g' an ceasnachadh gu follaiseach.

Feadh nan Siorramachdan Gàidhealach, agus ann am bailtean mòra an Taobh Deas, bha Dr. Ceann-adaidh "ann an turusaibh gu minic," a' searmon-achadh le mór chumhachd Soisgeul glòirmhor Chriosd. Cha bhitheadh àite anns am bitheadh e a' searmonachadh, nach bitheadh ceudan, agus 'n a uairean, mìltean sluaigh a' feitheamh air a bhilean fileanta. 'N a linn is 'n a latha féin, mar shoisgeul-aiche treun, tarbhach, tomadach, bha e "ann an saothairibh na bu phailte," na na bràithrean Gàidh-ealach eile. Aig tòiseachadh ar ministreileachd féin, bu tric a thàinig a' smuain a steach air ar n-inntinn, gu 'm b' fheàrr leinn gu 'm fuasgladh ar n-Ard-Sheanadh o an coimhthionalan Mac Rath Mòr, Dr. Ceannadaidh, agus Mr Mac-Colla, agus gu 'm bitheadh iad air an cur a mach mar shoisgeulaichean gu coimhthionalan a dhaingneachadh anns a' chreideimh, agus gu làmh-an mhinisteirean a neartachadh 'n an saothair.

Mar shearmonaiche Gàilig agus Beurla bha Dr. Iain Ceannadaidh barraichte. Chuala sinn sear-moinean o a bhilean milis nach dìochuimhnich sinn a chaoidh. Bha 'uaisle, a chomasan sgrìobhaidh, agus a ghibhtean searmonachaidh 'n an onair duinn mar Ghàidheil. 'N a ghinealach féin b' e Dr. Ceannadaidh prìomh shearmonaiche an Taobh Tuath. Bha deadh eòlas aige air an t-Seann Tiomnadh 's an Eabhra, agus air an Tiomnadh Nuadh 's a' Ghréigis. Ged nach robh eòlas mion-aideach aig Dr. Ceannadaidh air an obair mhòr a rinn Calum-cille agus a mhisionaraidhean 's a' Ghàidhealtachd agus 'sna h-Eileanan, bha fior aithne aige air sgrìobhaidhean aithrichean an Ath-leas-achaidh. Cosmhuil ri Ralph is ri Ebeneser Erskine, bha a theagasg làn de smior an t-Soisgeil. 'N a eachdraidh fhiachail 'n a leabhar "Làithean Aithrichean Rois," chuir e comain mhòr air Eag-lais Chriosd. 'S ann mar shearmonaiche agus mar ùghdar a bhitheas cuimhne air Dr. Ceannadaidh. Bha puingean deasbuid o 'n leth a muigh 'n an àmhghar agus 'n an uallach dha. Bha fios maith aige, gu 'n tug a bhi a' toirt phuingean connsach-aidh do 'n chùbaid anns gach linn a dh' eachdraidh na h-Eaglais, caoile agus fàsachadh air Eaglais an Dé bheò. 'S i a' chùbaid rìgh-chathair a' mhinis-teir. 'S e an Soisgeul a shlat rioghail. Ach an latha a streapas trod agus troimhe-chéile do 'n chùbaid, cuiridh sìth agus soirbheachadh culaidh-bhròin umpa, agus teichidh iad a mach ás an Eaglais.

Ged nach do thogadh tigh-còmhnuidh do Dhr Ceannadaidh gus a' bhliadhna 1849, thogadh Eaglais da goirid ás déigh àm an Dealachaidh. Ach cha b' fhada gus am b' fheudar Eaglais a bu mhò agus a b' fhèarr a thogail da. Chrìochnaicheadh an togail eireachdail so, agus dh' fhosgail Mr Spurgeon i am Mai 1870. 'Na ghné is 'n a dhòigh shùrdail, thug Mr Spurgeon, an cuimhne nan Gàidheal, Dòmhnullach Mòr na Tòiseachd.

An 1861, chuir Dr. Ceannadaidh a mach a leabhar "Làithean nan Aithrichean ann an Siorr-amachd Rois." Leugh ceudan an leabhar so aig an tigh agus ann an tìrean céin. Bha 'n leabhar so cho measail gus am b' fheudar an ceathramh clò-bhualadh deth a chur a mach. Ged a labhradh Dr. Ceannadaidh móran na b' fhileantaiche na a sgrìobhadh e, gidheadh, tha buadhan sgrìobhaidh glé chomasach air an taisbeanadh 's an obair so. Thug an leabhar so do na Goill, deadh fhiosrachadh air eachdraidh spioradail nam *Minist-eirean* agus nan *Daoine*, ann an Siorrachd Rois. Tha nithean domhainn agus dìomhair air an cur an cèill 's an leabhar so. Feudar a ràdh gu 'm b' e Dr. Ceannadaidh am fear a bha thall agus a chunnaic, agus a thàinig a nall agus a dh' innis. Tha sinn fo fhiachaibh mòra dha air son na dh' fhàg e sgrìobhte againn 's an leabhar so, mu eachdraidh agus mu bheul-aithris aithrichean Rois. Gidheadh, tha sinne a tha beò 's a' linn so, ann an cunnart a bhi a' cur beul-aithris nan seanair, ann an àite fìrinnean a' Bhìobuill.

An 1867, chuir Dr. Ceannadaidh a mach leabhar luachmhor eile, "Eachdraidh Beatha an Dr. Domh-nullaich, Abstol an Taobh Tuath." Tha 'n leabhar so ro thaitneach r' a leughadh. Tha e a' toirt fiosrachadh cothromach duinn air làithean dorcha na moderatachd. B' e an Dr. Dòmhnullach dara Calum-cille na Gaidhealtachd.

An 1869, chuir Dr. Ceannadaidh a mach leabhar air cuspair ro chudthromach, "Dàimhean an Duine do Dhia." Anns an obair so cha robh aona chuid cothrom no ùine aige air a' phuing so a mhìneach-adh ann am farsuinneachd.

Sgrìobh Dr. Ceannadaidh, mar a bha a chorp agus inntinn air fàilneachadh le tinneas agus le piann, leabhar shearmoinean Beurla. Bha cuid diubh air an liobhairt air tùs ann an Gàilig. B' ann 's na bliadhnachan 1882, 1883, a bha na searmoinean so air an ath-sgrìobhadh, seachduin ás déigh seachduin, agus air ann clò-bhualadh an Inbhirnis. Tha iad fallan soisgeulach, ach cha 'n 'eil iad idir airidh air Dr. Ceannadaidh. Tha iad fad air dheireadh air comasan, air drùidhteachd, agus air fileantachd Dhr. Ceannadaidh 's a' chùbaid. Sgrìobh e leabhrain bheaga eile air nach ruigear a leas iomradh a dheanamh aig an àm so.

Ràinig iomadh gairm Dr. Ceannadaidh o choimhthionalan eile. Feudar na gairmean a leanas ainmeachadh :—(1) o choimhthional Dhunothainn an 1853, (2) o Australia an 1854, (3) o Bhaile-Dhuthaich, agus (4) o choimthional Gàilig Ghrianaig an aon latha an 1857, (5) o choimthional *Renfield* an Glaschu an 1863, an déigh bàs an diadhair ro fhileanta agus ro chomasach sin, an t-Urr. Donnachadh Mac-an-Aba. Aig an àm so bha sinn féin 'n ar ball 's a' choimhthional so. Agus (5) o choimhthional Gàilig Ghrianaig an dara uair. Ach ròghnaich Dr. Ceannadaidh fuireachd le a choimhthional ionmhuinn ann an Inbhir-feòtharain.

Aig a' choinneamh urnuigh Bheurla, thòisich Dr. Ceannadaidh air Leabhar nan Salm a mhìneachadh, rann no dhà aig a' h-uile coinneamh. Thuirt e aon uair ri caraid àraid an Inbhir-feòtharain, "Cha tig crìoch air mo mhinistreileachd ann an Inbhir-feòtharain gus am mìnich mi Leabhar nan Salm." An t-seachduin mu 'n d' fhàg e Inbhir-feòtharain air a thurus deireannach, ràinig e an t-Salm mu dheireadh.

B' ann an 1870, a bhrist air slàinte Dhr. Ceannadaidh an toiseach. An 1873, chruinnich càirdean còrr agus dà cheud punnd Sasunnach air a shon. Leis an t-suim so, bha e comasach air dol thar a' Chuain Siair do America. Fad na h-ùine a bha e air a' chuairt so, phàidh a choimhthional a charaid gràdhach, Dr. Uisdean Màirtinn, Dhunéideinn, gu searmonachadh 'n a àite.

An 1873, thug Oilthigh Abereadhain an onair D.D. dha. Aig an àm cheudna, thug càirdean da sé ceud gu leth punnd Sasunnach agus mias airgid, mar thìodhlac agus mar chomhara air am meas air. Thuirt e gu 'm b' iad an da shealladh a bu mhò a chunnaic e ann an America, Dr. Teàrlach Hodge, agus Tuiteam Uisge no Steallaire Bhàn na h-aimhne Niagara.

Ceithir bliadhna an déigh dha a bhi air a shuidheachadh an Inbhir-feòtharain, phòs Dr. Ceannadaidh Màiri, nighean de Mhàisdseir Forbes MacCoinnich.

B' e Dr. Dòmhnullach na Tòiseachd a phòs iad. Chaochail a' cheud leanabh a bha aca, nigheanag bheag aig tri bliadhna a dh' aois. D' a dhithis nighean, càraid, phòs Mr Iain MacMhath, mac de Mhr Donnachadh MacMhath, ministeir Eaglais Shaor, Ghèarrloch, aon diubh. Tha Mr MacMhath 'n a Bhancar am Madras. Chaochail Mrs MacMhath o chionn beagan ùine. Tha a chlann aig an tigh le an seana-mhathair agus le piuthar am màthar, ann an Strath-feòtharain.

Rinn an tinneas a thug fadheòidh leis e greim air Dr. Ceannadaidh an 1880, aig àm Iubile a bhrathar-céile, an t-Urr. Seumas Dòmhnullach, Urraid.

An 1881, thionail càirdean mu 'n cuairt air ochd ceud punnd Sasunnach a chum gu 'n rachadh e féin is a bhana-chompanach sgrìob do 'n Eadailt. Bha e timchioll air dà mhìosa air Tirmòr na Roinn-Eòrpa. Chaith e a' chuid a bu mhò de 'n ùine ann am baile na Ròimh. Air an t-shlighe dhachaidh, chuala e a charaid Mr Spurgeon a' searmonachadh an Lunnainn, agus chaith e latha leis 'n a thigh-còmhnuidh.

Thill e dhachaidh. Thòisich e air obair mar a b' àbhaist da. Ach an 1883, rinn a thrioblaid greim air a rithist. Ann an Nobhember 1883, dh' fhàg e féin, a bhean is a nighean, Inbhir-feòtharain a dhol do 'n Ròimh. Thug a choimthional dha gu dol air an turus so, sé fichead punnd Sasunnach. Agus air dha a bhi dol troimh bhaile Inbhirnis, choinnich Mr Simpson, Prothaist a' bhaile e, agus ann an ainm beagan chàirdean, shìn e sporan do Dhr. Ceannadaidh, anns an robh timchioll air sé fichead eile punnd Sasunnach.

Ràinig e an Ròimh an December 1883. A' pilltinn dachaidh thaoghail e féin is a bhean is a nighean aig Drochaid Ailein, far an do chaochail e an April 28, 1884. Chaidh anam an duine bheannaichte so dhachaidh gu Glòir, agus dh' adhlaiceadh a chorp prìseal làimh ris an Eaglais Shaoir ann an Inbhir-feòtharain.

Sgrìobh an t-Urr. Alastair Auld, ministeir na h-Eaglais Shaoir an Olrig an Gallaobh, Eachdraidh

Beatha Dhr. Ceannadaidh an 1887. 'S e ar barail-ne, gu 'm bheil tuilleadh agus a chòir de Mhr agus de Mhrs Auld 's an leabhar so. 'S e a' chuid a's luachmhoire de 'n leabhar so, na dh' fhàg Dr. Ceannadaidh féin sgrìobhta, d' a eachdraidh spioradail féin.

———:o:———

## LA NA CEISD ANN AN STRATHARRAGAIG.

Leis an Urramach Alasdair Domhnullach, Ardchlach.

Bha Sàcramaid Suipeir an Tighearn' air a frith-ealadh anns an àite so, air an dara-là-fichead de *July*. Bha cruinneachadh maith sluaigh air an raon, aig an t-seirbhis anns a' Ghàilig; agus anns an Eaglais, aig an t-seirbhis anns a' Bheurla. Tha e airidh air iomradh, aig àm anns am bheil tàir air a deanamh air a' Ghàilig, gu 'n robh bean-uasal Shasunnach, céile Chaiptein Friseil, uachdaran an fhearainn, an làthair aig gach seirbheis Ghàilig. Dh'ionnsuich i 'chainnt, ionnus gu bheil i comasach air a tuigsinn agus a labhairt. Is eisimpleir so is fhiach a leantuinn.

Bha Di-h-aoine air a choimhead mar là-ceisd. Thug Dòmhnull Macaoidh á Abersci seachad na briathran a leanas mar bhonn-ceisd,—"Oir trìd-san tha araon slighe againn gu dol a steach tre an Spiorad chum an Athar."—Eph. ii. 18.

Dh' iarr e comharraidhean air a mhuinntir a chaidh a steach air an t-slighe so tre threòrachadh an Spioraid chum an Athar. Air iarrtus Mhr. Mhicleoid, ministeir a' choimhthionail, dh' fhosgail mise briathran na ceisd, mar a teagasg gu h-àraidh, an t-sochair a th' aig araon Iudhaich agus Cinnich fo fhrithealadh an Tiomnaidh Nuaidh. An déigh sin, labhair na daoine.

(1) *Seòras Mac-a-phearsoin á Inbhirnis.* Tha an t-Abstol féin ag innseadh anns a' chaibideil so ciod a bha iad aon uair, a' gluasad "a réir gnàtha an t-saoghail so, a réir uachdarain cumhachd an ath-air, an spiorad a tha nis ag oibreachadh ann an cloinn na h-eas-umhlachd." Ach chaidh am beoth-achadh—"Sibhse bheothaich e." Is mòr an t-ath-arrachadh duine bhi air iompachadh, agus air a philleadh ri Dia. 'S e Spiorad Dhé a tha 'dcanamh an atharrachaidh. Ciod a tha an rùn an Spioraid? Tha an co-chumadh ri iomhaigh a' Mhic. Ged thàinig iad a steach do 'n t-saoghal 'n an naimhdean do Dhia, gidheadh 'se creutairean òirdheirc a th' annta, oir bha iad anns an rùn shiorruidh, agus cheannaich Criosd le 'fhuil iad. Tha comharraidh-ean orra, oir "aithnichear an sliochd am measg nan cinneach." Ged tha an saoghal 'n an aghaidh mar bha Càin an aghaidh Abel, theid an diadhachd maille riu ge b'e àit an téid iad. 'S e creutairean glan a th' annta. Tha iad ag iarraidh a bhi treibh-dhireach, glan. Na 'm b' urrainn iad bhitheadh iad na bu ghlaine na tha iad anns an t-saoghal. Tha iad ag iarraidh a bhi naomh mar tha Dia naomh. Tha 'n nàdur a th' annta a' cur eagail orra. Tha eagal orra oilbheum a thoirt do bhràthair, oir tha Solamh ag ràdh gu bheil "bràthair air a bhrosnachadh ni's cruaidhe r'a chosnadh na caithir làidir; agus tha aimhreitean bhràithrean mar chrannaibh lùchairt." Ciod is aobhar de so ach am peacadh a th' annta. Tha sùil aca gu 'm bi so air a chaitheamh asda. Tha e 'n a chomh-fhurtachd dhoibh gu bheil brith-eamh ann a bheir do gach neach a réir a dheanadais. Cha 'n 'eil an nàdur ni 's fearr na nàdur chàich, ach anns an tomhas 's am bheil Dia 'g a cheannsachadh. Tha eagal an Tighearna orra; agus tha e 'g an leantuinn gus an gairm laghail, agus gus an uaig-neas, far nach 'eil sùil 'g am faicinn ach sùil Dhé. Tha cùram orra gu 'm biodh an cos air a cumail o shleamhnachadh, agus an sùil o dheuraibh. 'S e gràs is treise na peacadh. Mar a b'e cha b' urrainn iad seasamh idir. Cha 'n 'eil déigh ac' air comunn an t-saoghail. Cha 'n fhaigh iad mòran uath air son an anam. O ciod e na beannachdan a tha iad a' faotuinn an cuideachd a chéile, 'n uair tha iad a' còrdadh! 'S e creutairean uasal a th' annta.

(2) *Lachlainn Friseil á Stratharragaig.* Thug focail na ceisd gu mo chuimhne ni a chaidh a chuir thugam leis a' phost.—"Cuimhnichidh tu an t-slighe sin uile air an do threòraich an Tighearn do Dhia thu." Tha mi smaoineachadh gu 'n d' fhuair iad a mach gu robh anam aca, ma 'n d' fhuair iad a mach gu robh an t-slighe ud ann. Chaidh a dhearbhadh orra gu robh iad 'n am peacaich, agus gur e tuarasdal a' pheacaidh am bàs. Chaidh an sligbe féin an sin a mhilleadh orra. Fhuair iad a mach gu robh Dia feargach riù. Cha b' urrainn iad creidsinn, agus mur a creideadh iad gheibheadh

iad bàs. Bha claidheamh lasarach a gleidheadh slighe craoibhe na beatha, agus cionnus a bha iad gu faotuinn slighe eile? Co dh' ionnsuidh an rachadh iad, ach a dh' ionnsuidh Dhé tre Chriosd? Chunnaic iad cho freagarrach 's a tha Criosd mar shlighe, agus thilg iad iad féin air mar a bha iad. 'S e 'n Spiorad a rinn comasach iad air sin. Dh' innis Mr. MacIlleathain dhòmhsa, 'n uair a bha mi 'n am bhalach, gu 'm faodadh dùsgaidhean coguis a bhi ann gun ath-bhreith. O 's ann tha ar feum air an Spiorad. Chuala mi Mr. Caimbeul, Chilltearn ag ràdh, ann an so, gu 'm b' àbhaist do Dhr. Dòmhnullach a bhi ag ràdh "cuiribh fios air an Spiorad, agus cuiribh meas air an Spiorad." Ghabh an sluagh so ri Criosd, agus rinn iad an cuid fhéin dheth. Faodaidh iad a bhi, agus bithidh iad, a deanamh ceannairc na aghaidh, ged a ghabh iad ris mar rìgh; ach tha sin 'ga 'n deanamh mi-shona. Faodaidh an saoghal iomadh ni a chuir as an leth de nach 'eil iad ciontach; ach tha so aca mar chomhfhurtachd, gur h-aithne dhasan na h-uile nithean. An dream a chuireas urram air, cuiridh esan urram orrasan. Thubhairt aon de na Martuirich, 'n uair a bha e g' a chur gu bàs, "tha mise 'cuir crùn air a cheannsan, agus tha cabhaig airsan gu crùn a chuir air mo cheannsa."

(3) *Dòmhnull Friseil á Inbhirnis.* Bha là ann anns nach b' urrainn Pòl so a ràdh mu thimchioll féin; agus tha sin fìor a thaobh uile luchd-leanmhuinn Chriosd. 'S ann an uair a thàinig beatha thuca a fhuair iad a mach gu robh bàs aca. "Bha mise beò as eugmhais an lagha uair-eigin; ach air teachd do 'n àithne dh' ath-bheothaich am peacadh, agus fhuair mise bàs." Na 'n deònaicheadh an Tighearn gu 'm b' urrainn aon anam so a ràdh ann an so an diugh bu mhòr an onair e do Sratharragaig. Ged is e an t-aon Spiorad a shaothraich air gach neach dhiu, gidheadh cha 'n ann air an aon dòigh a shaothraich e air na h-uile neach. Tha clann ann a tha gle dhuilich a chur bhàrr nan cìoch. Feumaidh a' màthair ni searbh a chuir air a ciochan m' an gabh iad gràin dhiu. Mar sin tha cuid a dh' fheumas roimh-bhlas fhaotuinn air ifrinn ma 'n leig iad seachad am féin-fhìreantachd, agus an gabh iad an t-slighe cheart a chum an Athar. 'S e am focal ann an làimh an Spioraid a tha toirt na slighe so fa chomhair a' chreutair. Mar is mò a shoillsicheas an Tighearn an t-anam ann an eòlas air an lagh 's ann is mò chuireas e de mheas air an t-Soisgeul; oir mur 'eil lagh ann cha 'n 'eil Soisgeul. Ciod a bha tighinn ris an eaglais 'n uair a thubhairt i, "Glacaibh dhuinn na sionnaich bheaga?" Bha faireachadh aic air lochdan beaga a bha deanamh cron orra. Aon chomharradh a th' orra gu bheil iad ag ràdh "dhòmhsa 'bhi beò is e sin Criosd." Tha aca mar an ùrnuigh, "do chumhachd chum gu 'm faiceadh mi." Tha spéis aig Dia do 'n ùrnuigh uaigneach. Tha barrachd cochomuinn aig cuid ri Dia 'n an gairm laghail no eadhon anns an uaigneas. Is suarach an t-àite anns nach urrainn anam co-chomunn a bhi aige ri Dia. B' àbhaist do Alasdair Hutchison, a bha an Ciltàrlagan, a bhoineid a thoirt dheth 'n uair a rachadh e seachad air àit' àraidh. Aon là mhìnich e an cleachdadh ud. Thubhairt e ri m' athair, "'n uair a bhitheas mo thiodhlacadh-sa 'dol seachad an so, innis thusa do 'n t-sluagh gur ann 's an tigh-mhuc agadsa fhuair mise an comunn bu dlùithe bha riamh agam ri Dia." Rinn m' athair so; agus cha robh e furasda da cumail air féin.

'S e ni a choisinn anam na muinntir so gràdh Dhé ann an Criosd; agus is e gràdh anns an anam gin Dhé. 'S ann air so tha Sàtan an tòir. Cha mhò air d' eagal 's is mò air am poll fo do chasan. Tha a' mortair, an t-eas-creidimh, an tòir air cuideachd, mar a bha Herod an tòir air Criosd cho luath 's a rugadh e.

(4) *Iain Dòmhnullach á Inbhirnis.* Bha na h-Ephesianaich aon uair 'n an luchd-iodhal-aoraidh, fo riaghladh uachdarain cumhachd an athair, an spiorad a tha nis ag oibreachadh ann an cloinn na h-eas-umhlachd; ach chaidh am beothachadh leis an Spiorad Naomha. 'S e so an Spiorad a bh' air Criosd e féin mar sheirbheiseach an Athar, agus a threòraich iadsan gu Criosd, an t-slighe. A nis tha e fìor mu 'n timchioll "tha sibhse a bha roimhe so fad o laimh air bhur toirt am fagus tre fhuil Chriosd." Fhuair iad a mach gu robh iad fad as, gu robh iad air taobh a muigh a' bhaile-dhìon, a mach á Criosd. Cha bu mhaith leam comh-fhurtachd a thoirt do neach nach d' fhuair a mach gu robh e 'n a nàmhaid do Dhia. Is mòr an dealachadh a tha eadar neach aig am bheil a chas briste, agus an neach a tha deanamh co-fhaireachduinn ris. Biodh a chas fhéin air a briseadh, agus an sin bidh co-fhulangas aige ris an neach eile. Tha Dia a' briseadh cnàmhan a shluaigh. Tha iad air an treòrachadh a dh' ionnsuidh leabhar Dhé, agus an sin tha iad a' fòghlum gu bheil an anam caillte. Is iongantach am facal ud "caillte!" 'S ann 'n uair

a chunnaic an t-anam sud, a dh' iarr e bhi air a thearnadh. Thainig Criosd gu bhi priseil dha, do bhrìgh gu 'n choimhead e an lagh a rinn esan a bhriseadh. Chunnaic e bonn dòchais is misneachd anns na rinn 's na dh' fhuiling Criosd, agus dh'earb e ann an Criosd. O 'n là sin tha e mar chomharradh orra gur toil leò meadhonan nan gràs. Bithidh cuid ag ràdh, ma tha earbs agamsa ann an Criosd, c' arson a rachainn gu searmoin? Ach tha iad so a faotainn ni-eigin aig gach searmoin a tha toirt orra meas a chuir air searmoinean. 'S e comharradh eile a th' orra gu bheil iad ag ùrnuigh "Teagaisg dhomh, a Thighearna, do shlighe; gluaisidh mi a'd' fhìrinn: coimh-cheangail mo chridhe chum eagal d' ainme 'bhi orm." Is toil leò bhi air an teagasg 's air an treòrachadh leis an Spiorad a nochd dhoibh Criosd. Ma tha thusa ann an Criosd cha 'n 'eil thu féin-chuiseach. Bithidh tu iarrtanach gu ruigeadh slàinte air muinntir eile. Chuala mi mo long bhriste, anns an d' fhuaireadh aon duine, agus gun dad ann dheth ach na cnàmhan 's an croicionn. 'S e cheud fheum a rinn e d' a chainnt, 'n uair fhuair e comas labhairt, 'bhi ag ràdh, "Tha duine eile ann." 'S e sin, gu robh duine eile air an luing a bha cuir feum air cobhair. 'S e comharradh eile a th'orra, gu bheil gràin aca nis de na nithean anns an robh iad a roimhe 'gabhail tlachd. Agus a thuilleadh air so, is maith leò bhi cumail suas làmhan nam ministeirean.

Chaidh a' cheisd a dhùnadh leis an Urramach Seumas Dòmhnullach, ministeir Dhòrnoch. Thubhairt e gur e ni cudthromach agus sòlaimte a th' ann neach a bhi air a threòrachadh leis an Spiorad chum an Athar, agus nach robh fios aige am b'urrainn na h-uile neach a chaidh troimhe labhairt air. Tha diomhaireachd co-cheangailte ris; oir tha Criosd ag ràdh, "Tha a' ghaoth a' séideadh far an àill leatha, agus tha thu a' cluinntinn a fuaim, ach cha 'n 'eil fhios agad cia as a tha i 'teachd, no c' àit a tha i 'dol; is ann mar sin a tha gach neach a tha air a bhreith o 'n Spiorad." Choimeas Criosd a bheatha nuadh ri leanabh, agus tha a' mhuinntir aig am bheil i, coltach ri leanabh a' cuir feum air còmhdach, biadh agus fòghlum. 'S e 'n dleasdanas agus an sochair aire 'thoirt do na tha sgrìobht' anns an litir chum nan Eabhruidheach, x. 19-25.

Chomh-dhùin Dòmhnull Macaoidh—an duine a chuir a mach a' cheisd,—an t-seirbheis le ùrnuigh dhùrachdach.

—:o:—

## TEACHDAIREACHD CHEIN.

Am measg nan dòighean anns am bheil obair Chriosd air a cur air aghart ann an Calcutta tha 'n coimhthional sin a tha cruinneachadh gach feasgar Sàbaid ann am Beadon Square fo chùram an Ollaimh Coinneach Domhnullach. Aig còig uairean 's an t-samhradh agus aig ceithir 's a gheamhradh, feudar buidheann bheag fhaicinn a' cruinneachadh a muigh ann an oisinn de 'n Square. Tòisichidh iad an t-seirbhis le bhi 'seinn laoidh ann an cainnt na dùthcha, Bengali. As déigh sin nithear ùrnuigh, seinnear laoidh eile agus bithidh focal earail ghoirid, dhùrachdaich air a labhairt anns a' chainnt cheudna. Tionalaidh sluagh mar a tha na laoidhean air an seinn agus tha 'n coimhthional a' fantuinn cruinn ré dhà, no eadhon thri, uairean a shìde ged nach iad na h-aon mhuinntir a chitheas ann fad na h-ùine sin. 'S iad muinntir a thuigeas Bengali a mhàin, a chithear aig toiseach na seirbhis, agus buinidh iad sin mar is tric do 'n inbhe is isle agus is bochda. A chuid 's a chuid gheibhear muinntir aig am bheil a' Bheurla a seasamh mu oir a chomh-chruinneachaidh agus cho luath 's a thoisicheas seirbhis Bheurla teichidh iadsan a bha ag éisdeachd gus a sin air falbh. Tha 'n comh-thional a nis n'is mò na bha e, agus air a dheanamh suas de dhaoinibh a ni uaill as na 's aithne dhoibh de 'n Bheurla, o na gillean òga tha air ùr dhol do 'n àrd-sgoil gu ruig na daoine liatha a fhuair ionnsachadh fialaidh. Bithidh mu thimchioll air dà cheud gu leth de chomh-thional Bheurla ann, ach le na bhitheas a' dol agus a' tighinn ré na seirbhis tha e air a mheas nach bi ni 's lugha na seachad ceud anam ag éisdeachd mar so ri teagasgan air an tarruing o Fhocal Dhé, gach feasgair Sàbaid 's a bhliadhna. Bithidh mar is trice dhà no tri a labhairt as déigh a chéile, gach aon car leth uair, ann an Bengali, agus tri no ceithir eile, gach fear car fichead mionaid, 'am Beurla; agus tha an t-seirbhis uile air a criochnadh le ùrnuigh Bheurla. O chionn ghoirid thugadh a steach laoidhean Beurla 's an t-seinn agus tha mòr mheas orra. Tha *tracaichean* air an craobh-sgaoileadh measg a' chomh-thionail, agus tha

aobhar a bhi 'creidsinn gu 'm bheil iad air an leughadh gu cùramach. 'S iomadh neach a thug a theisteas gu 'n d' fhuair e buanachd spioradail o 'n t-seirbhis. Agus tha e gu h-àraidh 'na thoileachadh a bhi 'faicinn gu 'm bheil roinn mhòir de 'n chomhthional air a dheanamh suas de 'n aon mhuinntir a tha a fritheal̇adh gu riaghailteach o Shàbaid gu Sàbaid. An dràsd 's a rithist b' éigin toirt thairis a bhi a' cruinneachadh 'n uair a bhitheadh uisge trom ann, ach tha dùil gum bi talla air a thogail a dh-aithghearr faisg air an *Square*, far am feud an comh-thional teicheadh uair 's am bi nach urrainn daoine seasamh a muigh.

Tha Mr Andrew ag innseadh mu shoirbheachadh na h-oibre am measg nan diobaireach (*Pariahs*) ann an Chingleput agus mar a tha e féin a seasamh an còirichean. Tha feum air sin, oir tha iomadh doigh anns am bheil cothrom air a ghabhail air aineolas nan daoine bochda gu bhi deanamh ana-ceartais agus geur leanmhuinn orra. Aig Attûr, tri mile o Chingleput, bhuail Hindu de'n inbhe àrd aon dhe na daoine bochda so le bròg-sheòmair (*slipper*),—dòigh pheanasachaidh a tha air a mheas 'namhasladh mhòir le Hinduaich uile. Bha so air innse do Mhr Andrew. Cho luath a's a fhuair an Hindu a mach gum b' aithne do Mhr Andrew an ni a rinn e bha eagal air agus chuir e fios d'a ionnsuidh ag iarraidh gu 'm bitheadh comhairle air a cruinneachadh, measg muinntir a' bhaile-bhig, chum breith a thoirt 'sa chùis. Thàinig còignear cruinn, dithis dhiubh 'nan Hinduaich caste agus triuir 'nan Criosduidhean, agus thug iad am breith gu feumadh an Hinduach so maitheanas iarraidh o'n duine og a bhuail e, agus gealladh a thoirt nach deanadh e a leithid a ris, agus gu'm paigheadh e dha dà *rupee* mar ùbhladh airson an tàmailt a thug e seachad. Bha so uile air a chur an sgriobhadh, agus chuir a' chòignear a thug am breith an ainm ris a phàiper ri taobh ainm an fhir a rinn an eucoir. Tha so air a mheas le Mr Andrew mòran n' is éifeachdaiche no ged a bhitheadh gearan air a dheanamh ann an cùirt lagh agus gu'm bitheadh an duine air a dhiteadh airson a dheanadais. 'S mòr an ni e gum bitheadh Hinduach nach do bhrist caste air a thoirt mar so gu bhi toirt ceartais do neach nach robh e a meas roimhe so araidh air sochair sam bith. Ach a lion beagan is beagan bithidh an còraichean air an toirt do na daoine bochda so fathast.

Chaidh Dr. Laws air ais a dh-ionnsuidh Africa Mheadhonaich. Ràinig e Chindé Breatunnach, a tha a nis 'na bhaile-puirt mhòir, aig beul amhainn Zambesi, air an dara là do mhios Iuly. Le ughdarras ar riaghlair, Mr Cecil Rhodes, tha e ga bhi a teagasg do na h-iompain ciamar a dh-oibrichcas iad an *telegraph*, agus tha e mar so coltach nach fhad gus am bi e comasach naigheachd a chuir tre theas mheadhon Africa o aon cheann dheth gu ceann eile o Chapeltown an taobh a deas gu Cairo 's an taobh a tuath an tir na h-Eiphit.

Tha aon de na maighstirean-sgoile Albannach a sgriobhadh o Ngoniland mar a leanas :—"Tha atharrachadh mòr air tighinn air an t-sluagh o chionn ghoirid, nach urrainn dhuinn ach a mheas do Spiorad an Dé bheò. Tha iad a' tighinn thugàinn ag iarraidh a bhi air an teagasg, agus a' tighinn a dh-ionnsuidh nan seirbhis agus nan sgoilean ann an dòigh nach tuig luchd fanoid air missions. Oganaich a b' abhaist a bhi ri cogadh, nan suidhe mar chloinn bhig ag ionnsachadh an A.B.C. agus a' toirt éisdeachd gu cràbhach agus le dèagh aire do theagasg o 'n Bhiobull. Agus cha-n e sin a mhàin ach tha an t-atharrachadh ceudna r 'a fhaicinn 'nan beatha agus 'nan giùlan o là gu là. Tha e 'na aobhar mhisneach air gach dòigh, agus tha ar cridheachan air an lionadh le taingealachd do Dhia a thagh sinn gu bhi 'nar luchd cumail suas 'ainm anns an tìr so. Aig an àm cheudna, tha e toirt oirnn a bhi faicinn cho suarach agus cho dìblidh 's a tha sinn gun chòmhnadh an Spioraid. Air mo shon féin is urrainn dhomh a radh gur mòr 's fheaird mi 'an crathadh a tha measg nan cràmhan tiorma. Cha b' fhiosrach mi riamh air an uiread so do dh' aoibhneas anns an Spiorad Naomh, cha do dh' fhairich mi mi féin riamh roimhe cho dlùth do 'n Tighearn ann an comh-chomunn agus ann an comh-fhaireachdainn ris 'na rùintibh. Tha m' aoibhneas agus mo thlachd ann an seirbhis an Tighearn Iosa gu fad, fad o's cionn na h-aoibhneasan is urrainn an saoghal a thoirt. Ged bhiodh mìle beatha agam tha mi a faireachduinn gu'm b' urrainn dhomh an tilgeal sios aig a chasan agus an coisrigeadh uile d'a aobhair."

Tha Dr. Steele, Njuyu, station eile 'san duthaich sin, a cur fios dhachaidh gu 'n do bhaist e o chionn ghoirid ceithrear daoin' òga agus dà bhoirionnach a bha pòsda ri fearaibh a tha a cheana nan luchdaideachaidh. 'Na dhéigh sin bha sacramaid Suipeir an Tighearna air a fhrithealadh agus bha an luchd-comanachaidh uile a lathair. Thug na seirbhisean sòlaimte ud air mòran a bhi a smuaineachadh mu 'n

suidheachadh féin, agus mar thoradh air tha e an dòchas gum bi cuid eile 'nam measg a bheir iad féin do 'n Tighearn.

Tha mu naoi ceud a frithealadh nan sgoilean gach là, agus tha an dìchioll leis am bheil iad a fòghlum iongantach. Roimh so, arsa Dr. Steele, bha againn a bhi dha-n éigneachadh a bhi tighinn a mach, ach air a bhliadhna so thàinig iad féin air an aghairt gu toileach. Agus chan ann am measg chlann òg a mhàin a tha an dùrachd so ach tha aithrichean, màthraichean, òigfhir agus òighean a gabhail an fhiabhrus-leabhraichean ('iupalata') agus a tighinn a cheannach a cheud leabhair. Air uairean chithear an leabhar beag so aca 'san eaglais mar gum bitheadh iad a smuaineachadh gum bheil h-uile seòrs colais r'a fhaighinn ann.

Bha galar marbhtach a measg a' chruidh ann an Ngoniland agus chaill an sluagh mòran d' an sprèidh air a bhliadhna so chaidh. Cha bhitheadh e iongantach ged bhitheadh sluagh saobh-chràbhach tighinn gu bhi smuaincachadh gu robh làmh aig na daoine geala 's a ghnothuch. Ach le buaidh an t-Soisgeul ann a bhi toirt soluis do 'n inntinn cha mhòr 'nam measg a bha dhe 'n bheachd sin. Na 'm bitheadh a' phlàigh so air tachairt deich na dusan bliadhna roimh so dh' fheudach i bhi na meadhon air bhi 'cur as do 'n mhision gu buileach, agus theagamh air na misionaraidhean uile a mharbheadh. Ach cha do chuir an calldach bacadh sam bith air an obair, an àite sin 's ann a bha e 'na bheannachd do mhòran ann a bhi a fosgladh an sùilean gu bhi 'faicinn neo-chinnteachd saoibhreis talmhaidh, agus gu bhi ag iarraidh saoibhreis neamhaidh.

———:o:———

## TEAGASG NAN AITHRICHEAN.—AN CREIDMHEACH FALLAIN.

LE TOMAS SHEPPARD.

*Eadar-theangaichte le Eobhan MacLaomuinn, M.A., D.D., Cuibeic.*

"*O Israel sgrios thusa thu fhein, ach annam-sa tha do chobhair.*"—Hos. xiii. 9.

'S ANN mar so a tha 'n Tighearn' a buntainn ri 'mhuinntir fhéin, agus uaith so a tha e gu tric a' tachairt gu 'm bheil muinntir thaghta 'n Tighearn, a chaidh a thogail gu stuama a' smuaineachadh gu 'm maith m' an timchioll féin, agus mar sin a' fantuinn fada gun mhothachadh air an staid thruagh-san. Tha 'n Tighearn a' ceadachadh dhoibh tuiteam ann am peacadh salach éigin uaigneach no follaiseach, agus leis a sin tha 'n Tighearn a' gabhail cothrom àraidh air a bhi 'g oibreachadh mothachadh agus bròn airson peacaidh. Tha 'n Tighearna leis a so 'toirt orra 'bhi cromadh sìos an cinn agus ag éigheach neò-ghlan, neò-ghlan.

Bha Pòl air fhòghlum gu maith agus air a thogail ann an stuamachd, ach thionndaidh e fadheòidh 'n a fhear geur-leanmhuinn teith, 'n a fhear fòireiginn, agus 'n a fhear toibheum. Dhearbh an Tighearn air an toiseach olc a gheur-leanmhuinn, agus ghlaodh e mach o nèamh ris, a Shauil, a Shauil, c' arson a tha thu 'g am gheur-leanmhuinn-se? Bhuail so gu ruig an cridhe e, agus an sin dh' athbheothaich am peacadh.—Rom. xii. 9. Bha iomadh de pheacaidhean uaigneach a chridhe air an leigeadh ris, ni a tha mi saoilsinn, agus a mhair gu h-àraidh anns na trì làithean sin anns an robh e dall,—Gnìomh. ix. 9.; agus anns nach d' ith agus nach d' òl e, troimh shealladh air peacadh, agus o bhròn a chridhe. Coslach ri duine air a' bheil a' phlàigh, gun aithne aig air an easlaint, tha e 'g earbsa 'bhi beò ach an uair a tha e 'faicinn, nam ball agus comharan a' bhàis air a ghàirdean, tha e 'glaodhaich a mach, a chionn gu 'm bheil e fiosrach gu 'm bheil plàigh an Tighearn' air; mar sin 'n uair a chì daoine aon pheacadh àraidh na 's mò 'briseadh a mach, a nis tha mothachadh aca air an cor truagh, gidheadh cha 'n 'eil e ghnàth mar so, ged a tha e gu tric ann, oir feudaidh an Tighearna mothachadh a thoirt do chuid de dhaoine air peacadh, le 'bhi 'feuchainn dhoibh cho ro pheacach as a tha 'n cridhe fhéin, agus an ròidibh; feudaidh an Tighearn sealladh a thoirt do dhuine air a dhoille, a chruas cridhe anabarrach, a laigse, an-dànadas, a mhì-ghnèithealachd; cha 'n urrainn e ùrnuigh a dheanamh, no sealltainn suas ri Dia, agus feudaidh sin an toiseach a dhearbhadh air, no gu 'm bheil na h-uile ni a ni e peacach, air dha 'bhi mach á Criosda: feudaidh an Tighearn a bhi sealltuinn dha foill a chridhe féin, gu h-obann, agus cleachduidhean uaigneach peacach a bheatha; mar gu 'n innseadh neach éigin do 'n mhinistear no mar nach biodh e labhairt ri h-aon ach risean, air chor 's gu 'm bheil e air éigneachadh tuitcam sìos air dha mar so mothachadh fhaotainn, agus gu aideachadh, gu cinnteach tha Dia anns an duine so.—1 Cor. xiv. 25.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

## A LONG JOURNEY.

By Rev. Hugh Lamont, D.D., Quebec.

When the Doctor came down stairs from the sick-room of Mrs. Marshall, the whole family seemed to arrange themselves in the Hall to waylay him.

"How soon will Mamma get well?" asked little Clyde—the baby. "Can Mamma come down stairs next week?" asked Katy the eldest daughter, and the little house-keeper. "Do you find my wife much better?" asked Mr. Marshall, eagerly. The Doctor did not smile; he did not even stop to answer their questions.

"I am in a great hurry," he said, as he took his hat, "I must go to a patient who is dangerously ill; this evening I will call again, I have left instructions with the nurse."

But the nurse's instructions were all concerning the comfort of the patient; she was professionally discreet and silent.

The children, playing on the stairs were told to make no noise.

The gloomy day wore on and the patient slept, and was not disturbed; but that night before they went to bed, they were allowed to go in and kiss their mother good night. This privilege had been denied them lately, and their little hearts responded with joy to the invitation.

"Mamma was better or she could not see them. The Doctor cured her; they would love him for it all their lives." She was very pale but smiling, and her first words to them were—"I am going on a journey."

"A journey!" cried the children, "will you take us with you?" "No, it is a long long journey."

"Mamma is going to the South," said Katy. "The Doctor has ordered her to. She will get well in the orange groves of Florida."

"I am going to a far distant country, more beautiful than even the lovely South," said the Mother "and I will not come back."

"You are going alone, Mamma," asked Katy,

"No" said the Mother in a low sweet voice, "I am not going alone, my Physician goes with me. Kiss me good-bye, my dear ones, for in the morning before you are awake I shall be gone. You will all come to me when you are made ready; but each must take the journey alone."

In the morning she was gone.

When the children awoke their father told them of the beautiful country at which she had safely arrived, while they slept.

How did she go? Who came for her? they asked amid their tears. "The Chariots of Israel and the horsemen thereof"—their Father told them solemnly.

People wondered at the peace and happiness expressed in the faces of those motherless children.

When asked about their mother they say, "She has gone on a journey," and every night and morning they read in their Guide Book of that land where she now lives, whose inhabitants shall no more say, "I am sick," and where God Himself shall wipe away all tears from their eyes.

—:o:—

## TURAS FADA.

*(Gaelic translation of the foregoing touching story.)*

An uair a thàinig an Lighiche 'nuas an staidhir bho 'n t-seòmar anns an robh a' Bhana-mhaighstir Marshall 'n a luidhe gu tinn, bha 'n teaghlach uile cruinn anns an talla 'réir coslais a chum grabadh a chur air. "Gu dé cho luath 's a dh' fhàsas mo mhàthair gu maith!" dh' fheòraich Cluaidh, am pàisde. "An urrainn do mo mhàthair tighinn a nuas an staidhir air an ath sheachduin?" dh' fheòraich Ceiteag an nighean a bu shine 's a' bhean-tighe bheag. "Am bheil thu 'faireachduinn gu'm bheil mo bhean mòran ni 's fhèarr?" dh' fheòraich Maighstir Marshall gu dùrachdach. Cha d' rinn an Lighiche snodha-gàire. Cha do stad e eadhon a fhreagairt an ceistean. "Tha mi ann an cabhaig mhòr," thubhairt e, 's e 'togail aide leis. "Is éigin domh dol gu neach eile 'tha anabarrach tinn. Taoghlaidh mi 'rithist anns an fheasgar. Dh' fhàg mi gach òrdugh leis a' bhean-eiridinn," Ach is ann mu dheibhinn comhfhurtachd na mnà bha gu tinn a bha gach seòladh a fhuair a' bhean-eiridinn. Bha ise, mar bu chubhaidh dhi, faicilleach agus sàmhach. Chaidh impidh a chuir air a' chloinn a bha a' cluich air an staidhir, gun iad a dheanadh faruim air bith. Chaidh an latha tiamhaidh seachad. Chaidil a' bhean thinn agus cha do chuireadh dragh oirre. Ach mu 'n deachaidh a' chlann a

luidhe, fhuair iad cead a dhol a stigh agus oidhche mhaith a ghuidhe le 'm pògan do 'm màthair. Chaidh an t-sochair cheudna 'dhiùltadh dhoibh car tamuill roimhe so, agus fhreagair an cridheachan beaga le gàirdeachas do 'n chuireadh. "Bha 'm màthair ni b' fhearr, oir cha b' urrainn i am faicinn. Leighis an Lighiche i. Bhitheadh gaol aca air air a shon so ré uile làithean am beatha."

Bha i anabarrach glais-neulach, ged rinn i snodhagàire. Is iad na ceud bhriathran a labhair i riu, "Tha mi 'dol air turas." "Turas," ghlaodh a' chlann. "An toir sibh sinne leibh?" "Cha toir. Is e turas fada fada 'tha ann." "Tha ar màthair a' dol gus an àirde deas," arsa Ceiteag. "Thug an Lighiche àithne dhi so a dheanamh. Fàsaidh i gu maith am measg doireachan òir-mheas Fhlorida."

"Tha mi 'dol gu dùthaich a tha fada air falbh—gu dùthaich gu mòr is bòidhche na eadhon an Airde Deas ghrianach," arsa am màthair gu fann, "agus cha tig mi air m' ais." "Tha sibh a' dol 'n ar n-aonar, a mhàthair," dh' fheòraich Ceiteag. "Cha 'n 'eil," arsa a màthair, "tha mo Léigh a' dol leam. Fàgaibh beannachd leam le bhur pògan, a chlann mo ghaoil; oir anns a' mhaduinn mu 'm bi sibh 'n ur dùsgadh, bithidh mise air falbh. Thig sibhse uile gu m' ionnsuidh, an uair a tha sibh air bhur deanamh ullamh, ach feumaidh gach aon agaibh an turas a ghabhail leis féin."

Anns a' mhaduinn bha i air falbh. An uair a dhùisg a' chlann, dh' innis an athair doibh mu 'n dùthaich bhòidheach a ràinig i gu sàbhailte am feadh a bha iadsan 'n an cadal. "Cia mar dh' fhalbh i? Cò 'thàinig air a tòir?" dh' fheòraich iadsan am measg an deòir. "Carbadan Israeil agus a mharc-shluagh." thubhairt an athair gu sòlaimte.

Bha ioghnadh air daoine mu 'n t-sìth agus an t-sonais a bha air an taisbeanadh ann an gnùis na cloinne 'bha nis gun mhàthair. An tràth a tha foighneachd air a dheanamh dhiu, mu 'm màthair, their iad, "Dh' fhalbh i air turas," agus oidhche 's maduinn tha iad a' leughadh 'n an Leabhar-stiùraidh mu 'n tìr ud anns am bheil i 'nis a' tuineachadh—an tìr anns nach abair a luchd-àiteachaidh tuille, "Tha mi tinn," agus far an tiormaich Dia E-féin gach deur bho 'n sùilean.

:o:

## AR BAN-TEACHDAIREAN.

LE MISS RAINY.

"A BHRAITHREAN, deanaibh ùrnuigh air ar son," thuirt an t-Abstol Pòl glé thric; agus ma bha feum aige-san air a bhi air a chuimhneachadh aig Rìgh-chathair nan Gràs, nach mò gu mòr a tha feum, aig na boirionnaich a tha a' saoithreachadh anns an obair cheudna, anns an do chaith esan a bheatha, air a' chuideachadh cheudna.

A chum as gu 'n urrainn ar càirdean ar cuimhneachadh 'n an ùrnuighean, le barrachd eòlais is le co-fhaireachdainn, bheir sinn doibh cunntas air an àireamh stationan agus luchd-saoithreachaidh a tha againn anns gach cearn fa leth.

'S e àireamh ar luchd-cuideachaidh de nàisinn India agus Africa, tri cheud (300) pearsa. Cha 'n urrainn duinn an ainmean so a thoirt seachad air leth. Tha mu 'n cuairt air leth-cheud (50) luchd-riaghlaidh stationan againn, agus air de 'n àireamh a's mò dhiubh so a bhi á Albainn, tha e iomchuidh gu 'm bitheadh, co-dhiù, eòlas againne a tha aig an tigh orra so.

INDIA.

*Bombay*. An so shuidhicheadh ar misionaraidhean Albannach air tùs, agus an so thòisich ar n-obair am measg nan boirionnach, oir dh' fhàg Mrs. Wilson, a chaochail an 1835, againn sgoilean latha air son chailcagan, agus mar an ceudna an sgoil-bhùird, a' cheud aon de 'n t-seòrsa, anns a' Mhòr-roinn so. Tha i a nis air cùram Mhiss CRAWFORD. Anns an sgoil so, agus ann ar sgoilean-bùird air fad, tha mnathan-sgoile air am fòghlum gu saoithreachadh ann an sgoilean agus ann an senana.

Tha Miss GARDNER a' riaghlaidh ar sgoilean air son chaileagan de nàisinn an àite aig *Ambroli* agus aig *Girgaum*.

Tha Miss PATERSON a' teagasg ann an tighean nàisinn an àite, far am bheil Marathi air a' labhairt, agus tha an dithis pheathar, na Misses DANJIBHAI a' saoithreachadh am measg nam Parseach agus nan Hindùach a tha a' labhairt Gujerati. Tha sinn a' sealltainn a mach air son bean-chuideachaidh do Mhiss PATERSON.

Tha sgoilcan chaileag againn aig *Tanna* agus aig *Revadanda*, tha mar an ceudna, tri Mnathan-Bìobuill anns a' bhaile mhòr.

*Puna*. Thòisich ar n-obair an so an 1841. Tha

ar sgoil-bhùird an so, air cùram Mhiss PAXTON. Tha Miss CLERIHEW a' gabhail cùram de 'n obair am measg na Mohamedanach, far am bheil tri sgoilean agus àireamh shenana. Tha Miss LIGERTWOOD a' riaghladh nan sgoilean-Marathi am measg nam Beni-Israel agus nan Hindùach, Tha sgoil chaileagan aig *Saswad*, agus tha ceithir Mnathan-Bìobuill ag obair ann an Puna agus 'n a choimhearsnachd.

Tha Mr. agus Mrs. SMALL o chionn fhada 'n an cinn air ar n-obair gu léir ann am Puna. Tha iad an dràst aig an tigh air sgrìob.

### BENGAL.

*Calcutta.* Thòisich ar sgoil-bhùird an so 'na tigh-dhìlleachdain fo Mhiss LAING an 1840. Tha i a nis ann an Sràid Bheadoin fo riaghladh Mhiss WHITE agus Mhiss GRANT. Tha BEAN Dhr Coinneach Dòmhnullach, a bha i féin fada air ceann na sgoile so, a nis 'g a teagasg a nasgaidh, gus an till Miss WHITE a tha an dràst air chuairt aig an tigh, a rithist do India. Tha timchioll air ceud sgoileir 's an sgoil so.

Ann an tigh mision Seuana ann an Sràid Dhuff, tha a chòmhnuidh tri ban-teachdairean Albannach, Miss WARRACK, Miss DALZIEL, agus Miss MACMICKING (air a costas féin), le grunnan maith de luchd-cuideachaidh de nàisinn an àite. Tha ceithir sgoilean chaileag aca r' am frithealadh agus còrr as ceithir cheud boirionnach r' an teagasg 'n an tighean féin. Co-cheangailte r' an tigh còmhnuidh féin, tha aca, mar an ceudna, tigh iompachan.

*Huglie.* Tha Miss BROWN a' saoithreachadh anns na bailtean beaga agus mar an ceudna, a' tathaich anns na sgoilean a tha 's a' chearn so. Tha Miss GARDNER, á Glaschu, gu 'bhi a' cuideachadh leatha.

*Santalia.* Tha Miss NAIRN, á Peairt, a' dol a mach le Miss GARDNER, agus théid i gu Pachamba, gu 'bhi air ceann na sgoil-bhùird an sin. Tha Miss GILCHRIST a' riaghladh dà sgoil latha, agus a' tathaich anns na tighean ann am Pachamba, mar a tha cothrom aice. Tha sgoilean chaileag air an cumail air an aghaidh aig *Toondee* agus aig *Chakai*, agus an cearnan eile.

### MADRAS.

Thòisich ar n-obair an so leis an sgoil chaileag a chuir Mrs BRAIDWOOD air chois an 1843. Tha againn a nis deich sgoilean chaileag anns a' bhaile mhòr—ceithir fo riaghladh Mhr BAUBOO; agus sè fo riaghladh Mhiss RAJAHGOPAUL. Tha an sgoil-bhùird, a chuireadh air chois air son iompachan, a bha air an tionaladh o na sgoilean latha, a nis 'n a tigh fòghluim eireachdail, anns am bheilear a fòghlum bhana-mhaighstirean sgoile. 'S an aig *Royapuram* a tha i, dà mhìle o 'n Oilthigh Chriosduidh, agus air a ceann tha Miss STEPHEN agus Miss SMART. Bho 'n uach fhada gus am bi Miss SMART a tighinn sgrìob dhachaidh, tha Miss SILVER air a comharachadh gu à h-àite a sheasamh. Seòlaidh i do India an October 19. Thòisich teagasg o thigh gu tigh am Madras le tri mnathan-uaisle, de nàisinn an àite, a bhuineas d' ar mision féin—Mrs BAUBOO, Mrs THEOPHILUS, agus Mrs GOVINDU RAJULU. Chaochail a' cheud dithis diubh, agus a thaobh gairmean teaghlaich, leig Mrs GOVINDU dhith a h-obair o chionn beagan bhliadhnachan. Chuir Miss FALCONER (a nis Mrs PITTENDRIGH) air dòigh an obair, a tha a nis le a cuideachadh, air a riaghladh le Miss MILNE agus le Miss MACLAREN, aig am bheil mar luchd-cuideachaidh feadhainn de nàisinn an àite.

Air ceann a mhision léigheach, aig *Royapuram* tha Miss MACPHAIL agus Miss CHURCH, le Miss SINCLAIR mar àrd-bhanaltra an tighe-eiridinn, le luchd-cuideachaidh de nàisinn an àite. Tha Miss MACPHAIL an dràst air fòrlach. Tha Miss HOWIE a falbh gu còmhnadh le Miss CHURCH. Tha aca a nis dà thigh-chungan, agus tigh-eiridinn beag, tha, comhla ri so, iomadh teaghlach aig am bheil muinntir thinn a cuir fios orra.

Tha sgoilean chaileag, aig *Conjeveram*, aig *Wallajabad*, agus aig *Chingleput*, air cùram luchd-riaghladh de nàisinn na dùthcha, ach anns am bheil a' tathaich Miss STEPHEN, Miss SMART, agus Mrs. ANDREW. Is i Mrs BARBARA ABERCROMBIE ZYNOOL is bana-mhaighstir aig *Chingleput.*

### INDIA MEADHONACH.

*Nagpur.* Dh' fhàs an obair a thòisicheadh an so, le Mrs HISLOP agus le Anundibhai, fo dheadh stiùradh Mhr agus Mhrs COOPER. An déigh so, bha sinn fo fhiachan mòra do Mhr agus do Mhrs WHITTON air son an cuideachaidh caoimhneil. Fo riaghladh Mhiss WHITTON tha againn sgoil-bhùird, agus tri sgoilean latha air cùram Mhiss JANE SMALL; tha Miss MILLER agus Miss GREGORY a' teagasg o thigh gu tigh, agus air ceann a' mhision léigheach tha Miss HENDERSON agus Miss WELLS. An so tha dà thigh-ìocshlaint, agus tha tigh-

eiridinn r' a bhi air a thogail. Tha aig na mnathan-uaisle so, mar cho-oibrichean feadhainn de mhuinntir an àite.

Tha sgoilean chaileag againn aig *Bhandara*, far am bheil Mrs VENKATRAO a' saoithreachadh o thigh gu tigh; agus tha Bean-Bìobuill ag obair aig Dhapawada.

Tha 'n t-Urr. B. SIDOBA MISAL air ceann sgoilean chaileag aig *Amraoti* agus aig *Bhosawal*.

*Jalna*. Tha Mr agus Mrs MOWAT an dùil gu 'n dean sgoil-bhùird adhartas 's an aite so. O 'n nach urrainn duinn aig an àm so, ach brìb bheag a thoirt doibh, bheireadh e misneach dhoibh nam bitheadh tionalan air an cur thuca, gu biadh agus sgoil a thoirt do chaileagan. Tha sgoilean latha againn an so, agus aig *Betel*, agus tha Mnathan-Bìobuill a' saoithreachadh anns na bailtean beaga.

*Wardha*. Tha aig Mrs REVIE Bean-Bìobuill a' tha air a pàidheadh le ar Comunn-ne.

### AFRICA MU DHEAS.

*Lovedale*. 'S e so ar station sònruichte. An so air ceann na sgoil-bhùird tha Miss DODDS, agus Miss BARNLEY, le luchd-cuideachaidh, a' toirt fòghluim seachad anns gach eòlas feumail, do àireamh mhòr do chaileagan Criosduidh de nàisinn na dùthcha, 'n am measg am bheil na *Gallas* a shàbhaladh o thràilleileachd.

Tha Miss BLAIR agus na Misses ROSS aig *Pirie* agus aig stationan leth-oireach, agus Miss PETRIE aig *Burnshill* a' deanamh saothair ro mhòr air ar son.

*Transkei*. Aig *Blythswood*, tha Miss CHRISTIE agus Miss MACDOUGALL, le cuideachadh maith, a cuir air dòigh Lovedale eile air son bhoirionnach. An so agus an Kaffraria tha tìodhlacan airgid air an toirt do sgoilean air son chaileagan, agus a tha air an riaghladh le mnathan mhisionaraidhean Albannach agus Kafireach.

### NATAL.

An so tha duaisean air an toirt do sgoilean latha air son chaileagan. Tha an dachaidh a tha aig *Maritzburg* air son chailean-cosnaidh, air cùram Mhrs MACLAREN; agus tha an sgoil-bhùird aig Impolweni air cùram Mhiss MILLER, luchd-saoithreachadh a tha air an comharachadh 's an áite ud féin.

*Gordon Mision*. Tha na Misses LORIMER a tha a' cost orra féin, a' faotainn cuideachaidh uainne air son sgoilean agus air son dachaidh an caileagan.

### ARABIA.

Tha Bean-Bìobuill againn aig Shaikh-Othman.

Is iad na boirionnaich a bhuineas d' ar coimhthionalan de shluagh na tìre ann an India agus ann an Africa, comhla ri màthraichean theaghlaichean Criosduidh, agus ris na Mnathan-Bìobuill a tha co-cheangailte ri ar mision, toradh saothair ar Comunn-ne anns na bliadhnachan a chaidh seachad, agus tha so uile a' nochdadh "nach 'eil ar saothair gu dìomhain anns an Tighearna." Tha còir aca, mar an ceudna, gu 'm bitheadh iad air an cuimhneachadh 'n ar n-ùrnuighean.

———:o:———

## BAIS.

### AN T-URR. SEUMAS CUMMING, MHELINIS.

CHAOCHAIL Mr Cumming 'n a thigh féin am Melinis an Iune 8, 1894. Bhrist air a shlàinte car ùine roimh so. Choinnich sinn e aig òrduighean Mhr Mhic Aoidh, Chille-chuimein am Mai 1893, agus an déigh sin, chunnaic sinn e aig Ard-Sheanadh na h-Iubile an Dunéideann. Nan robh Mr Cumming 'n a mhinisteir ann an aon d' ar bailtean mòra, bhitheadh e 'n a aon, de na teachdairean a b' ainmeile 'n ar n-Eaglais. Bha e 'n a dhuine cuimir am pearsa, sgiamhach 'n a ghnùis, geur-chuiseach 'n a inntinn, farsuinn ann am breithneachadh, agus duineil, neo-sgàthach ann am facal agus ann an gnìomh. 'Na latha féin, cha robh teachdaire, ann an dùthaich Mhiora, a shaothrich na bu dìlse na Mr Cumming air son leas spioradail agus maith aimsireil a luchd-dùthcha. Bha e 'n a chomhairliche agus 'n a threòiriche do mhuinntir dùthaich MhicAoidh ann 'n an uile ghnothuichean cudthromach. Nan robh tuilleadh d' a leìthidean againn 's an Taobh Tuath cha bhitheadh a chridhe aig an làidir fòirneart a dheanamh air an lag.

Mu 'n do shuidhicheadh Mr Cumming ann an dreuchd na ministreileachd, chuir e cuairt air iomadh cearn 's a' Ghaidhealtachd. Cha 'n a mhàin gu 'n labhradh e a' Ghàilig gu fileanta, ach sgrìobhadh e i gu cothromach. An 1856, sgrìobh Mr Seumas Cumming, Rangaig, an sgìr Lathcroin,

agus Mr Seòras MacLeòid, Dhunbeithe, an Gall-aobh, mìle sreath (1000 lines) de bhàrdachd Oisein o bheul Shcònaid Sutharlan, nighean a dh' Uilleam Sutharlan, a bha 'na thuathanach am Forsanaird ann an sgìreachd Mhiora. Aig an àm so, bha Mr Cumming 'na fhòghlumaiche ann an Oilthigh Diadhaireach na h-Eaglais Shaoir an Dunéideann. Chuir e na thionail e de 'n bhàrdachd so, gus an Dr MacLachainn an Dunéideann, le litir fhada, ionnsuichte, o a làimh féin, a tha air clò-bhualadh ann an "Leabhar na Féinne," le Iain òg Ile. Tha araon Caimbeulach Ile agus an Dr MacLachainn a' deanadh iomradh onarach air Mr Cumming. Sgrìobh e mar an ceudna leabhran beag a tha air a bhonntachadh air a' Bhìobull, air Dìstéidheachadh na h-Eaglais. Tha sinn an dùil gu 'm bi nithean eile a sgrìobh e air an clò-bhualadh uidh air u-uidh. B' e Mr Cumming a' cheud neach a thug fainear gu 'm marbh mionan nan caorach na beisteagan anns gach àite anns am bi iad ag ionaltradh, agus air an aobhar sin, ann am beagan ùine gu 'm fàs am feurach dona, agus gu 'm bi an talamh air a thachdadh le luibheanan mì-iomchuidh,

Rugadh Mr Cumming ann an Houstraidh am bràige Dhunbeithe. Dh' fhòghlumadh e ann an sgoil sgìreachd Latheroin. B' e Seumas Cumming Ulraich Suingli Dùthaich Mhic Aoidh.

Shuidhicheadh Mr Cumming ann an dreuchd na ministreileachd am Melinis 'an Cleir Thunga an 1861. Bha mar so 'na mhinisteir dìleas tapaidh ann an Eaglais Chriosd fad tri bliadhna deug thar fhichead. Bha e na 'na ghaisgeach treun air ceann òrduighean, air Dihaoine na ceistc.

Dh' fhàg e 'n a dhéigh ceathrar nighean. Tha te dhiubh anns a' Ghearmailt, agus tha te eile diubh air ceann sgoil ann an Taobh Deas na h-Alba. Bha 'n dithis eile diubh le an athair aig àm a bhàis. Tha iad uile 'n am fìor bhan-sgoilcirean.

---

An t-Urr. Adhamh Caimbeul, M.A., Pheitidh.

Rugadh Mr Caimbeul an sgìreachd Thunga an 1807. Aig àm an Dealachaidh bha e 'n a mhaighstir-sgoil am Farr an Cataobh. Thàinig e a mach. Dh' aon e e féin ris an Eaglais Shaoir. Chrìochnaich e 'fhòghlum ann an Abereadhain far an d' fhuair e an onair M.A. Fhuair e ceud searmonachaidh an 1844. An déigh so shaoithrich e mar shearmonaiche soisgeulach, treibhdhireach, dìleas, anns na h-Earadh, ann an Steòrnabhag agus anns an Eilean Sgiathanach fo stiùradh Mhr Ruairidh, ministeir Shnìseirt. Bha meas ro mhòr aig Mr Ruairidh, agus aig Iain Moireastan, Ceisteir, agus Bàrd-Ghobha na h-Earadh, air Mr Caimbeul. Thuirt Iain Ghobha, aon uair, "tha mi a làn chreidsinn gur h-e an Tighearna a dh' fhosgail beul Mhr Caimbeul, oir 's e an Tighearna a mhàin a ni na beòil chama dìreach."

Shaoithreach Mr Caimbeul car ùine ann an Abhoch agus ann am Peitidh. Fhuair e dà ghairm aig an aon àm, gairm o choimhthional Abhoich, agus gairm eile o choimhthional Pheitidh. Ròghnuich e a' ghairm o Pheitidh. Phòsadh an t-Urr, Adhamh Caimbeul ri coimhthional Pheitidh, ann an Cléir Inbhirnis, an 1851.

Tha 'm facal *Peitidh* a' ciallachadh ann an cainnt nan Cruithneach (Picts) croit, no baile beag fearainn.

Bha iomadh teachdaire ainmeil ann am Peitidh. 'Nam measg feudar ainmeachadh:—Aindrea Braboner, 1568; Seumas Dunbar, 1579; Dòmhnull Mac Cuinn, 1613; Alastair Friseal, 1633; Alastair Denune, 1684; Daniel Mac Coinnich, 1719; Iain Mac Dhonnachaidh, 1728; Louis Chapman, 1738; Aonghas Mac 'Ille-Sheathanaich, 1742; Iain Moireastan, 1759; Uilleam Mac-a-Ghobhainn, 1832; Iain Grannd, 1834. Dh' fhàg Mr Grannd an Eaglais Stéidhichte aig àm an Dealachaidh. Anns an linn a chaidh seachad, b' iad dithis a dh' fhìor Chriosduidhean Pheitidh, Mr Iain Moireastan, am ministeir; agus Mr Dòmhnull MacRath, am figheadair. Bha 'n dithis so 'n an daoine ro chomharaichte. Thug bàrdachd breabadair Pheitidh glé thric 'n ar cuimhne, bàrdachd Gobha na h-Earadh. Coimeasaibh "An Lùireach agus na Cnàmhan Tioram" aig Dòmhnull MacRath ris "An Nuadh Bhreith no Gleachd an t-seann Duine agus an Duine óig" aig Iain Moireastan, agus chi sibh gu 'n robh an dà fhear-ceird so, comasach air Pòl agus air Augustine a' leantuinn, 'n am féin-fhiosrachadh spioradail.

Ach cha robh ministeir riamh am Peitidh a thug bàrr air ar caraid gràdhach, Mr Adhamh Caimbeul. Thug iomadh coimhthional gairm da, ach cha d' fhàg e riamh *a cheud ghràdh, Peitidh.* Bha iad ro dhéidheil air a cluinntinn anns na sgìreachdan mu 'n cuairt; mar a tha Caladair is Cròidh is Cnocmhoire. Bu tric a choinnich sinn Mr Caimbeul aig òrduighean ar caraid ro ionmhuinn, Mr Adhamh Mac Leòid, Chròidh. Tha cuimhne mhaith fathast againn, air ùrnuigh a rinn Mr Caimbeul aig Ard-Sheanadh Inbhirnis an 1888.

An April 26, 1894, ràinig Mr Caimbeul Iubile a mhinistreileachd. Aig an am so bha e leth cheud bliadhna 'n a shearmonaiche, is tri is dà fhichead bliadhna 'na mhinisteir Eaglais Shaor Pheitidh. Air feasgar an latha so, choinnich àireamh mhór chàirdean 's an Eaglais. Bha Mr MacCulloch, am maighstir sgoil 'n a fhear-cathrach. Am measg nan càirdean a bha a làthair, bha 'n t-Urr. Alastair Lee, M.A.; Dr Black; Bàilidh Munro; an Siorram Caimbeul, Steòrnabhaigh, mac peathar Mhr Caimbeul agus mòran eile.

Shin Mr Seumas Rose. Chonnage, do Mhr Caimbeul sporan air a dheadh lìneachadh le h-òr. Thugadh do Mrs. Caimbeul mar an ceudna tiodhlac luachmhor. Thug Cléir Inbhirnis do Mhr Caimbeul òraid mhaiseach air a sgrìobhadh gu ro ghrinn.

Chaochail Mr Caimbeul 'n a thigh féin am Peitidh, an Iune, 14, 1894, aig aois ceithir fichead bliadhna agus a seachd. B' e latha a bhàis, latha traisg nan òrduighean samhraidh 'n a choimhthional féin.

Dh' adhlaiceadh Mr Caimbeul ann an cladh Bhrachlie, air Diluain nan òrduighean, Iune 18. Bha cruinneachadh mòr aig a thòrradh. Dh' fhàg Mr Caimbeul 'n a dheigh bantrach agus còigear chloinne—dithis mhac agus triùir nighean. Tha am mac a's sine a tighinn a mach air son na ministreileachd. Choisinn e an uiridh aig Oilthigh Abereadhain an onair M.A.

---

### An t-Urr. Murchadh Corbet.

(*Drochaid an Tumaillt am Peairt.*)

Rugadh Murchadh Corbet 's a' Mhanachain an 1834. Bha e 'n a ghille òg crìonna, cùramach, diadhaidh. An uair a bha e a' toirt a mach an fhòghluim air son na ministreileachd, bha e 'n a mhaighstir-sgoil ann an Cromòr, ann an Eilean Leòdhais. Air taobh Mharabhig de 'n Fhaodhail, làimh ri Locha Chromòir, agus mu thuaiream air urchair gunna o làrach an t-seana chaisteil, a tha 'n a sheasamh 's an Locha, bha tigh sgoil Chromòir ann an sgìr nan Loch. 'S e a theirteadh ris an àite 's an robh an tigh-sgoil air a thogail, *Buala-an-Dùin*. Is iomadh ùrnuigh dhùrachdach a chiureadh suas 's an tigh so. Agus is iomadh brod sgoileir a thàinig á sgoil Chromòir.

